



# PLANA NA GAIDHLIG 2017-2022

Chaidh am plana seo  
ullachadh fo Earrann  
3 de Achd na Gàidhlig  
(Alba) 2005

# GAElic LANGUAGE PLAN 2017-2022

This plan has been prepared  
under Section 3 of the  
Gaelic Language (Scotland)  
Act 2005



## Foreword

For hundreds of years, up until the 19th Century, Gaelic was the language of most of the inhabitants of the area of Loch Lomond & The Trossachs National Park. Most place names in the park are in Gaelic, making the language integral to understanding and interpreting our precious landscape. So the delivery of our Gaelic Language Plan fits well into our organisation's operations and we are well-positioned to further the aims of Bòrd na Gàidhlig.

This is the second iteration of Loch Lomond & The Trossachs National Park's Gaelic Language Plan and will run from 2017 - 2022. Our first plan focused on creating communication resources across the core areas addressed in the Gaelic Language Act, including identity, branding, signage, communications, digital and publications, and awareness training for staff and businesses in the Park.

The second plan will aim to bring the Gaelic history and culture of the Park alive through in-person engagement and educational opportunities – primarily through the work of our Volunteer, Education and Engagement team. The second plan will also continue the work of the first plan growing the range of physical and digital resources that are vital tools for educational work.

This work on education will particularly aim to build on the Gaelic Corpus aspect of the Gaelic Language Act, which relates to developing the 'body' of the language.

I am proud to present this Gaelic Language Plan as confirmation of our organisation's commitment to the language and hope that we will come to be recognised as a significant contributor to the protection and development of the language throughout the country.

Gordon Watson  
Chief Executive  
Loch Lomond & The Trossachs National Park

## Facal-tòisich

Fad nan ceudan de bhliadhnaichean gus an 19mh linn, b' i a' Ghàidhlig an cànan a bh' aig a' mhòr-chuid de na daoine ann an sgìre Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean. Tha a' mhòr-chuid de na h-ainmean anns a' Phàirc nan ainmean Gàidhlig, agus mar sin, tha an cànan bunaiteach ann a bhith a' tuigsinn agus a' mìneachadh a' chruth-tire phriseil againn. Air an adhbhar seo, tha am Plana Gàidhlig againn na phàirt fior ionchaidh de dh'obair na buidhne againn agus tha sinn ann an deagh shuidheachadh gus na h-amasan aig Bòrd na Gàidhlig a thoirt air adhart.

Is e seo an dàrna tionndadh den Phlana Gàidhlig aig Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, agus ruithidh e bho 2017 gu 2022. Bha fòcas anns a' chìad phlana againn air a bhith a' cruthachadh ghoireasan conaltraidh thairis air na prìomh raointean ann an Achd na Gàidhlig, a' gabhail a-staigh dearbh-aithne, branndadh, soidhnichean, conaltradh, goireasan didseatach agus foillseachaidhean, agus trèanadh mothachaidh do luchd-obrach agus gniomhachasan anns a' Phàirc.

Bidh an dàrna plana ag amas air eachdraidh agus cultar Gàidhlig na Pàirce a thoirt beò tro obair le daoine fa leth agus tro chothroman foghlaim – gu sònraichte tro obair an sgioba Saor-thoilich, Foghlaim agus Coluadar againn. Bidh an dàrna plana cuideachd a' togail air obair a' chìad phlana agus e a' cur ris an fharsaingeachd de ghoireasan agus goireasan didseatach a tha cho cudromach airson obair foghlaim.

Bidh an obair foghlaim seo ag amas gu sònraichte air togail air taobh a' Chorpais ann an Achd na Gàidhlig, a tha co-cheangailte ri leasachadh 'corp' na Gàidhlig.

Tha mi fior mhoiteil a bhith a' foillseachadh a' Phlana Ghàidhlig seo mar dhaingneachadh air taic na buidhne againn don chànan, agus tha mi an dòchas, le tide, gun tèid ar n-aithneachadh mar bhuidheann a tha a' cur gu mòr ri dòn is leasachadh a' chànan air feadh na dùthcha.

Gòrdan Watson  
Ceannard  
Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean

## Table of Contents

1. Introduction
  - Description of the organisation's function and location of offices
  - Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and the issuing of a notice
  - Summary of Gaelic in Scotland
  - Gaelic within the authority's area of operation
  - Internal Gaelic Capacity Review
2. The Gaelic Language Plan in the corporate structure
  - Planning and policy implications for Gaelic Mainstreaming Gaelic
- The National Gaelic Language Plan
  - Commitment to the Objectives of the National Gaelic Language Plan
  - Home and Early Years
  - Education and Community
  - The Workplace
  - Media & Arts; Heritage & Tourism
- Corpus
- Scottish Government National Priorities
4. Plan commitments
  - High Level Commitments
  - Service Standard Commitments
  - Visibility
  - Staffing
  - Day-to-day operations
  - Communications
  - Corpus
5. Implementation and monitoring

## Clàr-innse

1. Ro-ràdh
  - Mìneachadh air dleastanasan na buidhne agus fios air far a bheil na h-ofisean aice
  - Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' toirt seachad fios-plana
  - Sùil fharsaing air a' Ghàidhlig ann an Alba
  - Gàidhlig an lùib Obair Raon an ùghdarrais
  - Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach
2. Am Plana Gàidhlig an lùib an structair chorporra
  - 3. Gàidhlig an lùib Planaidh is Phoileasaidhean
    - A' dèanamh Gàidhlig na pàirt àbhaisteach de dh'obair na buidhne
    - Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig
    - A' toirt taic do Chinn-uidhe a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig
    - An Dachaigh agus na Tràth-bhliadhnaichean
    - Foghla姆 agus Coimhearsnachd
    - An t-Àite-obrach
    - Na h-Ealain is na Meadhanan; Dualchas is Turasachd
    - An Corpas
    - Priomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba
  - 4. Geallaidean a' Phlana
    - Geallaidean àrd-ìre
    - Geallaidean a thaobh Ìrean Seirbheis
    - Follaiseachd
    - Luchd-obrach
    - Obair làitheil
    - Conaltradh
    - An Corpas
  - 5. Coileanadh is Sgrùdadh

## 1. INTRODUCTION

### 1.1 DESCRIPTION OF THE ORGANISATION'S FUNCTION AND LOCATION OF OFFICES

- 1.1.1 Loch Lomond & The Trossachs National Park was established on 8 July 2002 and the Loch Lomond & The Trossachs National Park Authority (LLTNPA) became fully operational – taking on all its statutory powers – on 19 July 2002.
- 1.1.2 LLTNPA is designed to be an enabling but also a delivery organisation, promoting partnership working and giving leadership to all those involved in the Park. We do not duplicate the work of other organisations, such as the enterprise agencies or Scottish Natural Heritage, but ensure there is a joined-up approach to projects and initiatives that help to meet the four aims of the Park.
- 1.1.3 With a staff of around 120 plus 17 Board members, the Park Authority has several statutory duties including managing outdoor access in the Park, planning and development management, the production of a Local Development Plan and the publication of a National Park Partnership Plan.
- 1.1.4 We are funded by the Scottish Government and Scottish Ministers appoint six of our board members. Another six board members are nominated to the board by the four councils in the Park area – Argyll & Bute (2), Stirling (2), West Dunbartonshire (1) and Perth & Kinross (1) as well as five members who are elected locally. Through our board we are responsible to the Cabinet Secretary for Environment, Climate Change and Land Reform and thus to the Scottish Parliament.

## 1. RO-RÀDH

### 1.1 MÌNEACHADH AIR DLEASTANASAN NA BUIDHNE AGUS FIOS AIR FAR A BHEIL NA H-OIFISEAN AICE

- 1.1.1 Chaidh Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean a chur air bhonn air 8 luchar 2002, agus bha Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean (Ùghdarris a' Phàirc) fo làn shiùil – a' gabhail ris na cumhachdan reachdail uile aca – air 19 luchar 2002.
- 1.1.2 Chaidh Ùghdarris na Pàirce a dhealbhadh gu bhith na bhuidheann a nì an dà chuid cur-an-comas agus libhrigeadh, ag adhartachadh obrach le com-pàrtichean agus a' toirt ceannardais dhaibhsan uile a tha an sàs sa Phàirc. Cha bhi sinn a' dùblachadh obair bhuidhnean eile, leithid nam buidhnean iomairt no Dualchas Nàdair h-Alba, ach nì sinn cinnteach gum bithear a' dèiligeadh, ann an dòigh co-cheangailte, ri pròiseactan is iomairtean a choileanas ceithir amasan na Pàirce.
- 1.1.3 Le còrr is 120 luchd-obrach agus 17 buill Bùird, tha caochladh dhleastanasan reachdail aig Ùghdarris na Pàirce, nam measg stiùireadh cothrom air a' blàr a-muigh anns a' Phàirc, stiùireadh planaидh is leasachaидh, cur ri chèile Plana Leasachaидh Ionadail agus foillseachadh Plana Com-pàirteachaидh Nàiseanta na Pàirce.
- 1.1.4 Tha sinn air ar maoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus tha Ministearan Albannach a' cur an dreuchd sianar de bhuill a' bhùird againn. Tha sianar eile buill bùird air an ainmeachadh leis na ceithir comhairlean ann an sgìre na Pàirce – Earr-a-Ghàidheal is Bòid (2), Sruighlea (2), Siorrachd Dhùn Breatainn an Iar (1) agus Peairt is Ceann Rois (1), agus thathar a' taghadh còignear bhall gu h-ionadail. Tron bhòrd againn, tha sinn freagarrach do Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Àrainneachd, Atharrachadh Cliomaid agus Leasachadh Dùthchail agus uime sin do Phàrlamaid na h-Alba.

- 1.1.5 The National Park's Headquarters is at Carrochan, Carrochan Road, Balloch G83 8EG, with staff from our Rangers Service working out of additional facilities at The Duncan Mills Memorial Slipway in Balloch, a visitor centre in Balmaha and a small office in Callander.
- 1.1.6 The National Park Authority works to serve the resident population of the National Park of approximately 15,600 people, the wider population of Scotland – more than half of whom live within an hour's drive of the National Park - and approximately four million visitors who come here each year.

## **1.2 GAELIC LANGUAGE (SCOTLAND) ACT 2005 AND THE ISSUING OF A NOTICE:**

- 1.2.1 The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 was passed by the Scottish Parliament with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language.
- 1.2.2 One of the key features of the 2005 Act is the provision enabling Bòrd na Gàidhlig to require a public authority to prepare a Gaelic Language Plan. This provision was designed to ensure that the public sector in Scotland plays its part in creating a sustainable future for Gaelic by raising the status and profile of the language and creating practical opportunities for its use.
- 1.2.3 This document is Loch Lomond & The Trossachs National Park Authority's second Gaelic Language Plan prepared within the framework of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It sets out how we will continue to use Gaelic in the operation of our functions, how we

- 1.1.5 Tha priomh oifisean na Pàirce Nàiseanta aig Carrachan, Rathad Carrachan, Bealach, G83 8EG. Tha luchd-obrach bhon t-Seirbheis Raonairean againn ag obair a-mach à goireasan a bharrachd againn aig Cidhe Cuimhneachan Dhonnchaidh Mills ann am Bealach, às an ionad luchd-tadhail ann an Baile MoChatha agus à oifis bheag ann an Calasraid.
- 1.1.6 Tha Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta ag obair a fhrithealadh do mhuinntir sgire na Pàirce Nàiseanta, de mu 15,600 luchd-còmhnaidh, do phoball na h-Alba uile – tha tuilleadh is an dàrna leth dhiubh a' fuireach taobh a-staigh dràibh de uair a thìde bhon Phàirc Nàiseanta – agus do na mu 4 millean luchd-tadhail a thig an seo gach bliadhna.

## **1.2 ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005 AGUS CUR A-MACH BRATH**

- 1.2.1 Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan ofigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a tha ann don Bheurla.
- 1.2.2 Is e aon de na h-earrainnean as cudromaiche den Achd 2005 an cumha a tha a' toirt ùghdarrais do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cumha sin a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh an roinn phoblach ann an Alba le bhith a' gleidheadh na Gàidhlig san àm ri teachd agus iad a' cur ri inbhe is iomhaigh a' chànan agus a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus an cànan a chleachdad.
- 1.2.3 Chaidh an sgrìobhaínn seo, an dàrna Plana Gàidhlig aig Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, ullachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, mar a bheir sinn cothrom do dhaoine air Gàidhlig

will enable the use of Gaelic when communicating with the public and key partners, and how we will promote and develop Gaelic from 2017 to 2022.

- 1.2.4 Loch Lomond & The Trossachs National Park Authority's Gaelic Language Plan II has been prepared in accordance with statutory criteria set out in the 2005 Act, and having regard to the National Gaelic Language Plan and the Guidance on the Development of Gaelic Language Plans.

### **1.3 SUMMARY OF GAELIC IN SCOTLAND**

- 1.3.1 Loch Lomond & The Trossachs National Park Authority recognises that Gaelic is an integral part of Scotland's heritage, national identity and cultural life. The Park Authority is committed to the objectives set out in the National Plan for Gaelic and has put in place the necessary structures and initiatives to ensure that Gaelic has a sustainable future in Scotland.
- 1.3.2 The Park Authority recognises that the position of Gaelic is extremely fragile and if Gaelic is to be revitalised as a living language in Scotland, a concerted effort on the part of government, the public and private sectors, community organisations and individual speakers is required to:
- Enhance the status of Gaelic;
  - Promote the acquisition and learning of Gaelic;
  - Encourage the increased use of Gaelic.

a chleachdadh nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' phoball agus ri priomh chom-pàrtichean, agus mar a tha sinn a' dol a bhrosnachadh agus a' dol a thoirt na Gàidhlig air adhart bho 2017 gu 2022.

- 1.2.4 Chaidh an dàrna Plana Gàidhlig aig Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail anns an Achd 2005, agus thugadh fa-near don Phlana Càinain Nàiseanta Gàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

### **1.3 SÙIL FHARSAING AIR A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA**

- 1.3.1 Tha Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na pàirt chudromach de dhualchas, dùthchas is cultar na h-Alba. Tha Ùghdarris na Pàirce a' toirt ar lànthaise do na cinn-uidhe sa Phlana Càinain Nàiseanta Gàidhlig agus tha sinn air na structaran is iomairtean a tha dhìth a chur air dòigh gus déanamh cinnteach gum mair a' Ghàidhlig mar chànan brioghmhor san àm ri teachd.
- 1.3.2 Tha Ùghdarris na Pàirce a' tuigsinn gu bheil cor na Gàidhlig air stèidh gu math cugallach agus ma tha a' Ghàidhlig a' dol a mhaireachdann agus a dhol am feabhas mar chànan beò ann an Alba, feumaidh an riaghaltas, na roinnean poblach is priobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt a' chànan uile obrachadh còmhla gus:
- inbhe na Gàidhlig àrdachadh;
  - togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart;
  - cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

## **1.4 GAEIC WITHIN THE AUTHORITY'S AREA OF OPERATION.**

1.4.1 The Loch Lomond & The Trossachs National Park has a population of around 15,600 residents, is 720 miles<sup>2</sup> in size and covers four local authority areas:

- Stirling
- Argyll & Bute
- West Dunbartonshire
- Perth and Kinross

1.4.2 Loch Lomond & The Trossachs National Park has a rich history and culture of languages. There is evidence that Gaelic was the dominant language in this area and declined in the 19th century. Most of the present-day place names are Gaelic in origin and many geographical features, such as mountains, glens and rivers, have Gaelic names.

1.4.3 For hundreds of years, up until the 19th Century, Gaelic was the language of most of the inhabitants of the Park area. We are told, for example, that in around 1724, Gaelic was the sole language in Balquhidder, Callander, Aberfoyle, Luss and Arrochar, and the majority tongue in Buchanan and Port of Menteith. As late as the 1950s, native Gaelic speakers were still to be found in places like Balquhidder, Brig O' Turk and Killin.

1.4.4 Because of this, Gaelic place names predominate; where these have been recorded faithfully, they are readily understood by Gaelic speakers from any other part of Scotland, although anglicised forms sometimes cause problems of interpretation. But there is also an older naming system, often modified by Gaelic-speakers,

## **1.4 GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH RAON-OBRACH AN ÙGHDARRAIS**

1.4.1 Anns a' Phàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, tha àireamh-shluagh de mu 15,600 luchd-còmhnaidh. Tha an sgìre 720 mile ceàrnagach de leud agus tha i a' còmhachadh ceithir sgìrean ùghdarrais ionadail:

- Sruighlea;
- Earra-Ghàidheal is Bòid;
- Siorrhachd Dhùn Breatainn an lar;
- Peart is Ceann Rois.

1.4.2 Anns a' Phàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, tha eachdraidh agus dualchas beartach a thaobh chànanan. Tha fianais ann gun robh làmh an uachdair aig a' Ghàidhlig anns an sgìre seo agus gun do chrion i anns an 19mh linn. Thàinig a' chuid as mothà dhe ainmean-àite na sgìre às a' Ghàidhlig bho thùs, agus chithear ainmean Ghàidhlig air pàirt mhòr de dh'aodann na tire, leithid beanntan, gleanntan is abhnichean.

1.4.3 Fad ceudan de bhliadhnaichean, gu ruige an 19mh linn, b' i a' Ghàidhlig an cànan a bha aig a' chuid as mothà de mhuinntir sgìre na Pàirce. Thathar ag innse dhuinn, mar eisimpleir, gum b' i a' Ghàidhlig an t-aon chànan ann an 1724 ann am Both Chuidir, Calasraid, Obar Phuill, Lus agus an t-Arar, agus gum b' i an cànan aig a' chuid bu mhotha ann am Bochannan agus Port Thèadhaich. Cho anmoch 's gu ruige nan 1950s, fhuaireadh feadhainn aig an robh Gàighlig mar chànan màthaireil ann an àitichean leithid Both Chuidir, Allt Cheannchnocain agus Cill Fhinn.

1.4.4 Air an adhbhar seo, tha a' mhòr-chuid de na h-ainmean-àite Gàidhealach; far an deach an clàradh gu dileas, tuigear iad le luchd-labhairt na Gàidhlig bho sgìre sam bith eile na h-Alba, ged a bhios cruthan Beurlach uaireannan ag adhbharachadh thrioblaid an thaobh brìgh. Chithear cuideachd, ge-tà, siostam ainmeachaидh nas aosta, gu tric air a

belonging to another Celtic language more akin to Welsh, known as Cumbric or Brittonic.

1.4.5 The 2011 Census records 394 Gaelic speakers in the National Park (2.66% of the population). This number has increased since 2001 when there were 355 Gaelic speakers in the Park (2.3%). The 2011 census also found that 441 (2.98% of the population) have some knowledge of Gaelic, which is a decrease from the 565 recorded in the 2001 census.

1.4.6 In 2011, 87,100 people aged three and over in Scotland (1.7 per cent of the population) had some Gaelic language skills. This is down on the 2001 Census figure of 92,400. Of the 87,100 people recorded in the 2011 Census:

- 32,400 (37.2 per cent) had full skills in Gaelic, that is could understand, speak, read and write Gaelic.
- 57,600 (66.2 per cent) could speak Gaelic; 6,100 (7.0 per cent) were able to read and/or write but not speak Gaelic.
- 23,400 (26.8 per cent) were able to understand Gaelic but could not speak, read or write it.

1.4.7 While the number of Gaelic speakers in Scotland declined overall since the previous census, the number of people able to understand, speak and also to read and write Gaelic increased between 2001 and 2011, reflecting a growth in Gaelic literacy and growing numbers of Gaelic learners. In addition to this, between 2001 and 2011, there was an 8.6 per cent

mhion-atharrachadh le luchd-labhairt na Gàidhlig, a bhuin ri cànan Ceilteach eile, nas coltaiche ri Cuimris, ris an do chanadh Cuimbris no Breatannais.

1.4.5 Tha cunntas-sluagh 2011 a' clàradh gun robh 394 luchd-labhairt Gàidhlig anns a' Phàirc Nàiseanta (2.66 sa cheud den t-sluagh). Tha an àireamh seo air a dhol am meud bhon chunntas-sluagh mu dheireadh, nuair a bha 355 luchd-labhairt Gàidhlig anns a' Phàirc (2.3 sa cheud). Cuideachd, fhuair an cunntas-sluagh 2011 gun robh 441 (2.98 sa cheud den t-sluagh) ann aig an robh eòlas air choireigin air a' Ghàidhlig, àireamh a chaidh sìos bhon 565 a chaidh a chlàradh anns a' chunntas-sluagh 2001.

1.4.6 Ann an 2011, bha sgilean air choreigin anns a' Ghàidhlig aig 87,100 daoine bho aois trì suas ann an Alba (1.7 sa cheud den t-sluagh). Tha an àireamh seo sìos bhon 92,400 anns a' chunntas-sluagh 2001. Den 87,100 daoine a chaidh a chlàradh anns a' chunntas-sluagh 2011:

- bha làn sgilean anns a' Ghàidhlig aig 32,400 dhiubh (37.2 sa cheud), a' ciallachadh gun robh an comas aca Gàidhlilig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh;
- b' urrainn do 57,600 dhiubh (66.2 sa cheud) Gàidhlig a bhruidhinn, agus b' urrainn do 6,100 dhiubh (7.0 sa cheud) Gàidhlig a leughadh is/no a sgrìobhadh ach cha b' urrainn dhaibh a bruidhinn;
- b' urrainn do 23,400 dhiubh (26.8 sa cheud) Gàidhlig a thuisginn ach cha b' urrainn dhaibh a bruidhinn, a sgrìobhadh no a leughadh.

1.4.7 Ged a chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sìos bhon chunntas-sluagh mu dheireadh, thàinig àrdachadh air an àireimh de dhaoine a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus cuideachd a leughadh is a sgrìobhadh suas eadar 2001 is 2011. Tha seo a' leigeil fhaicinn gun tàinig fàs air litearrachd ann an Gàidhlig agus ire nas mothach le luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. A

increase in the number of Gaelic speakers aged 25 or under, including increases for the 5-11 (+8.8%) and 18-24 (+12%) age groups.

- 1.4.8 There is no authoritative figure for the number of non-fluent adult learners. However, a national study in 1995 for Comunn na Gàidhlig, the Gaelic development agency, found that there were roughly 8,000 in Scotland.
- 1.4.9 Regardless of overall numbers of Gaelic speakers, it can be expected that the trends of increased literacy, increase in numbers of fluent learners and increase in GME will continue which will lead to greater demand for services.
- 1.4.10 Gaelic Medium Education (GME) began in primary schools in 1985. It has since grown to the extent that there are now (2015-16) over 3000 pupils in GME in Scotland's primary schools, with 59 GME departments or dedicated schools throughout Scotland across 14 Local Authorities. The first dedicated Gaelic schools were established in Glasgow, Inverness and recently in Edinburgh. A second dedicated Gaelic primary school was opened in Glasgow in 2016, and a further two Gaelic schools are now opening in Fort William and Portree. One of the main aims of Bòrd na Gàidhlig in the National Gaelic Language Plan is that the number of children enrolling in GME is rises to 800 by 2017. Most pupils in Gaelic-medium do not understand Gaelic when they start pre-school, but some children have acquired Gaelic at home.

bharrachd air sin, chaidh àireamh nan daoine fo aois 25 aig a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn am meud 8.6 sa cheud eadar 2001 agus 2011, a' gabhail a-steach àrdachadh anns na raointeann-aoise 5-11 (+8.8 sa cheud) agus 18-24 (+12 sa cheud).

- 1.4.8 Chan eil aon àireamh stèidhichte air an ìre de luchd-ionnsachaidh inbheach a tha gun fhileantachd. Ach fhuair sgrùdadh nàiseanta ann an 1995 às leth Comunn na Gàidhlig, am buidheann leasachaидh Gàidhlig, gun robh mu 8,000 dhiubh ann an Alba.
- 1.4.9 A dh'aindeoin nan àireamhan iomlan de luchd-labhairt na Gàidhlig, faodaidh dùil a bhith againn gum faic sinn na treandaichean sin a' leantainn orra a thaobh piseach ann an litearrachd, àrdachadh san àireimh de luchd-ionnsachaidh fileanta agus meudachadh ann am Foghlam tron Ghàidhlig, agus mar thoradh air sin gum bi barrachd iarrtas ann airson sheirbheisean Gàidhlig.
- 1.4.10 Thòisich Foghlam tron Ghàidhlig (FTG) aig ìre bun-sgoile ann an 1985. Tha e air fàs bhon uair sin chun na h-ìre 's gu bheil a-nis (2015-16) barrachd air 3,000 sgoilear a' déanamh FTG ann am bun-sgoiltean na h-Alba, agus tha 59 aonadan no bun-sgoiltean Gàidhlig ann an Alba air feadh 14 uighdarrasan ionadail. Chaidh na ciad bhun-sgoiltean Gàidhlig a stèidheachadh ann an Glaschu agus ann an Inbhir Nis agus, o chionn ghoirid, ann an Dùn Èideann. Dh'fhosgail bun-sgoil Ghàidhlig eile ann an Glaschu ann an 2016, agus tha dà sgoil Ghàidhlig eile a' fosgaldh sa Ghearsdan agus ann am Port Rìgh. Is e aon de na prìomh amasan anns a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig gum bi àrdachadh ann san àireimh de chlann a tha a' dol gu FTG gu 800 ann an 2017. Cha bhi a' chuid as motha de sgoilearan ann an FTG a' tuigsinn na Gàidhlig nuair a thòisicheas iad ro-sgoil, ach bidh cuid dhiubh ann a fhuair Gàidhlig anns an dachaigh.

- 1.4.11 There are a number of options for children to learn Gaelic in the National Park, and even though there are no Gaelic medium schools in the National Park, local children may attend Gaelic medium schools outside the area.
- Sandbank Primary School in Dunoon has a Gaelic Medium Unit catering for all pupils within Cowal whose parents elect to have their children educated in the Gaelic Language. Wallace High School in Stirling offers Gaelic as a subject which can be studied at Higher level. At Primary School level, Gaelic Medium Provision is available. Classes are taught at Riverside Primary School, Forrest Road, Stirling and parents can enrol their child through their local primary school. There is a 0–3 Gaelic group in Balquhidder; and Gaelic language in the Primary Schools in Arrochar and Strathyre.
- 1.4.11 Tha grunn roghainnean ann leis am faod clann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig taobh a-staigh sgìre na Pàirce Nàiseanta, agus fiù 's ged nach eil sgoiltean Gàidhlig anns a' Phàirc Nàiseanta faodaidh clann a dhol gu sgoiltean Gàidhlig taobh a-muigh na sgìre. Tha aonad Gàidhlig ann am Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich, Dùn Omhain, a tha a' frithealadh nam pàrantan uile anns a' Chomhghall a tha ag iarraidh an cuid chloinne a bhith air an oideachadh tron Ghàidhlig. Tha Àrd-sgoil Uallas ann an Sruighlea a' taigse Gàidhlig mar chuspair a ghabhas stuidearachd chun na h-Àrd ìre. Aig ìre na bun-sgoile, tha Foghlam tron Ghàidhlig ri fhaotainn. Thathar a' teagastg chlasaichean aig Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne, Rathad Forrest, Sruighlea, agus faodaidh pàrantan ainmean an cuid chloinne a chur sìos air a son tron bhun-sgoil ionadail aca. Tha cròileagan ann airson aoisean 0 gu 3 ann am Both Chuidir, agus thathar a' teagastg na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean anns an Arar agus ann an Srath Eadhair.
- 1.4.12 LLTNPA recognises that Gaelic is an integral part of Scotland's heritage, national identity and cultural life and we are committed to continuing to deliver the good work of our first Gaelic Language Plan, as well as delivering our new key aims over the next five years, both with staff and partners and the public, which help to enhance the Gaelic language and culture.
- 1.4.12 Tha Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhualchas na h-Alba, den dearbh-aithne nàiseanta is de bheatha chultarail na h-Alba, agus tha sinn an geall air leantainn oirnn a' libhrigeadh na deagh obrach a rinneadh fon chiad Phlana Ghàidhlig againn, a bharrachd air lìbhrigeadh nam prìomh amasan ùra againn thairis air an ath chòig bliadhnaichean, cuide ri luchd-obrach agus ris a' phoball, air chor 's gun cuidich sinn a bhith a' cur ri cànan is cultar na Gàidhlig.

## **1.5 INTERNAL GAELIC CAPACITY REVIEW**

- 1.5.1 The National Park Authority conducted a review of existing internal Gaelic capacity and resources as part of the preparation of this Gaelic Language Plan. The results of this review were taken into consideration when developing commitments in the Plan, and have assisted us in ascertaining how to establish, maintain or improve practices in order to develop the use of the Gaelic language and the promotion of the Gaelic language and its important role in the cultural life and landscape of the National Park.
- 1.5.2 The review is attached as APPENDIX 1 INTERNAL GAELIC CAPACITY REVIEW.

## **1.5 SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN ÙGHDARRAIS**

- 1.5.1 Rinn Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta sgrùdadh air a' chomas is na goireasan Gàidhlig a tha taobh a-staigh na buidhne an-dràsta mar phàirt de dh'ullachadh a' Phlana Ghàidhlig seo. Bheachdaich sinn air toraidhean an sgrùdaidh seo nuair a bha sinn a' leasachadh nan geallaidean anns a' Phlana, agus chuidich iad sinn gu bhith a' dèanamh cinnteach mar a stèidhichear, mar a ghleidhean no mar a leasaichear cleachdailhean leis am faod cleachdadh na Gàidhlig a bhith air a leasachadh agus Gàidhlig air a brosnachadh mar chànan agus mar phàirt chudromach anns a' bheatha chultarail agus ann an cruth-tìre na Pàirce Nàiseanta.
- 1.5.2 Tha an sgrùdadh air a cheangal mar EARR-RÀDH 1: SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG NA BUIDHNE.

## **2 THE GAELIC LANGUAGE PLAN IN THE CORPORATE STRUCTURE**

- 2.1.1 This plan sets out the policy of the National Park Authority and was approved in October 2017 by the Boards of both Loch Lomond & The Trossachs National Park and Bòrd na Gàidhlig, following a public consultation on the draft plan from January to April 2017.
- 2.1.2 The development of the new iteration of the Gaelic Language Plan was conducted through the National Park Authority's formal Project Management process, and is supported by the Project Management Team.
- 2.1.3 The development and delivery of the Gaelic Language Plan 2017-2022 is led jointly by the Park Authority's Communications Team and the Education and Visitor Engagement Team, and is supported by a steering group, which was established in August 2015 as part of the delivery of our first Gaelic Language Plan 2011-2016. This steering group draws on staff from across the organisation, to ensure that awareness and delivery of the Plan is embedded across the organisation.

## **2 AM PLANA GÀIDHLIG AN LÙIB AN STRUCTAIR CHORPORRA**

- 2.1.1 Tha am Plana seo a' cur an cèill poileasaidh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta agus chaidh a ghabhail ris ann an Damhair 2017 leis an dà chuid Bòrd Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròiseachan agus le Bòrd na Gàidhlig, an dèidh co-chomhairleachaidh phoblaich air an dreachd phlana bho Fhaoillean gu Giblean 2017.
- 2.1.2 Chaidh leasachadh an eagrain ùir seo den Phlana Ghàidhlig a stiùireadh tron phròiseas fhoirmeil airson stiùireadh phròiseactan aig Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta, agus fhuaras taic bho Sgioba Stiùireadh Phròiseactan againn.
- 2.1.3 Chaidh leasachadh is lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig 2017-2022 a threòrachadh ann an co-bhoinn leis na sgiobaidhean ann an Ùghdarras na Pàirce airson Conaltraidh agus airson Foghlam is Coluadair, le taic bho bhuidheann stiùiridh a chaidh a stèidheachadh ann an Lùnastal 2015 mar phàirt de lìbhrigeadh a' chiad Phlana Ghàidhlig 2011-2016. Tha a' bhuidheann stiùiridh a' tarraing air luchd-obrach bho air feadh na buidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil aire air a' Phlana, agus air a lìbhrigeadh, air am fighe a-steach air feadh na buidhne.

## **2.2 POSITION WITH OPERATIONAL RESPONSIBILITY OVER THE PLAN**

- 2.2.1 The senior officer with operational responsibility for overseeing preparation, delivery and monitoring of Loch Lomond & The Trossachs National Park's Gaelic Language Plan is:

Anna MacLean  
Head of Communications  
Communications  
Loch Lomond & The Trossachs  
National Park  
Carrochan  
Carrochan Road  
Baloch G83 8EG  
01389 727757  
[Anna.MacLean@lochlomond-trossachs.org](mailto:Anna.MacLean@lochlomond-trossachs.org)

## **2.2 DREUCHD LE UALLACH IOMLAN AIRSON A' PHLANA**

- 2.2.1 Is e an t-àrd-oifigear air a bheil an t-uallach airson sùil a chumail air ullachadh, lìbhrigeadh is sgrùdadh a' Phlana Ghàidhlig aig Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròiseachan:

Anna NicIII Eathain  
Ceann Conaltraidh  
Conaltradh  
Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean  
Carrachan  
Rathad Charrachain  
Bealach G83 8EG  
01389 727757  
[Anna.MacLean@lochlomond-trossachs.org](mailto:Anna.MacLean@lochlomond-trossachs.org)

## **2.3 POSITION WITH DAY-TO-DAY RESPONSIBILITY OVER THE PLAN**

- 2.3.1 The officer with operational responsibility for the day-to-day operation of Loch Lomond & The Trossachs National Park's Gaelic Language Plan is our Campaigns Manager. Questions about the day-to-day operation of the plan should be addressed to:

Joanne Ford  
Campaigns Manager  
Communications  
Loch Lomond & The Trossachs  
National Park  
Carrochan  
Carrochan Road  
Baloch G83 8EG  
01389 722120  
[Joanne.Ford@lochlomond-trossachs.org](mailto:Joanne.Ford@lochlomond-trossachs.org)

## **2.3 DREUCHD LE UALLACH AIRSON A' PHLANA BHO LATHA GU LATHA**

- 2.3.1 Is e am Manaidsear Margaidheachd an t-oifigear le uallach obrachail airson coileanadh a' Phlana Ghàidhlig aig Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròiseachan bho latha gu latha. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' Phlana bho latha gu latha a chur gu:

Joanne Ford  
Manaidsear Margaidheachd  
Conaltradh  
Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean  
Carrachan  
Rathad Charrachain  
Bealach G83 8EG  
01389 722120  
[Joanne.Ford@lochlomond-trossachs.org](mailto:Joanne.Ford@lochlomond-trossachs.org)

## **2.4 GROUP OVERSEEING DEVELOPMENT, IMPLEMENTATION AND MONITORING OF THE PLAN**

2.4.1 Gaelic Language Plan Steering group assists the lead officer and ensures that the Gaelic Language Plan is embedded within the corporate structure of the National Park Authority. This draws on staff from across the organisation with responsibility for developing, implementing and monitoring the plan. The membership of this group may vary over the five years, depending on the skills and departments required at the time. It also includes people who speak some Gaelic and have a keen interest in this area of work. At the time of writing the roles and departments represented on the steering group are:

## **2.4 BUIDHEANN A THA A' STIÙIREADH LEASACHAIDH, CUR AN GNÌOMH AGUS CUMAIL SÙIL AIR A' PHLANA**

2.4.1 Tha a' Bhuidheann Stiùiridh Plana na Gàidhlig a' cuideachadh a' phrìomh oifigeir agus tha iad a' dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Gàidhlig air fhighe a-steach do structar chorporra Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta. Tha a' bhuidheann stiùiridh seo a' tarraig air luchd-obrach bho air feadh na buidhne le uallach airson leasachaiddh, cur an gnìomh agus cumail sùil air a' Phlana. Faodaidh ballrachd na buidhne stiùiridh atharrachadh rè nan còig bliadhnaichean, a rèir nan sgilean agus nan roinnean air a bheil feum aig an àm. Tha a' bhuidheann stiùiridh cuideachd a' gabhail a-steach feadhainn a bhios a' bruidhinn beagan Gàidhlig agus aig a bheil ùidh mhòr sa chùis. Aig an àm sgriobhaiddh, is iad na dreuchdan is na roinnean aig a bheil riochdaire air a' bhuidheann stiùiridh:

<b>DREUCHD</b>	<b>ROINN</b>
Manaidsear Margaidheachd	Conaltradh
Manaidsear Saor-thoilich, Foghlam is Coluadar	Tachartasan Luchd-tadhail
Comhairleach Turasachd	Manaidsearachd Luchd-tadhail
Comhairleach Foghlaim is In-ghabhail	Foghlam
Comhairleach Cruth-tire	Glèidheteachas is Cleachdadadh Fearainn
Oifigear Fiosrachaidh	Riaghlaigh is Lagh
Oifigear Riaghlaidh	Riaghlaigh is Lagh
Inntearnach Didseatach	Conaltradh
Co-òrdanaiche Phròiseactan	Stiùireadh Phròiseactan

## **2.5 INDIVIDUAL STAFF MEMBERS:**

2.5.1 The Plan delivery has so far been led by the Communications Team because a significant amount of the work of the Gaelic Language Plan has been done by staff in the Communications Team, and the ongoing workload will be tracked and monitored through the team's own work plan. However with the new high level aims on education, the work for this iteration of the plan will be jointly led by

## **2.5 LUCHD-OBRACH FA LETH:**

2.5.1 Gu ruige seo, chaidh libhrigeadh a' Phlana a stiùireadh leis an Sgioba Conaltraidh, a chionn 's gun do rinn luchd-obrach na sgioba sin mòran den obair air a' Phlana Ghàidhlig, agus is ann tro phlana-obrach na sgioba sin a bhathar a' clàradh agus a' cumail sùil air uallach na h-obrach a shruthas às a' Phlana. Leis na h-amasan àrd-ire ùra a thaobh foghlaim, ge-tà, thèid an obair airson an eagrain seo den Phlana a

Communications and the Education and Visitor Engagement Team. For staff with specific tasks who are in other departments the Plan Lead will hold regular update meetings to ensure the work is being progressed in line with the Plan.

2.5.2 In 2016 the Gaelic Language Plan Steering Group ran our first Gaelic Language Awareness month for staff, and we will do this every year of the Gaelic Language Plan 2017-2022. The purpose of the month is to use give the Gaelic Language Plan, and the importance of Gaelic to the cultural life of the National Park, prominence with staff in a way that is genuinely engaging and instils understanding and enthusiasm.

2.5.3 In February 2016 we conducted the following activity for Gaelic Awareness Month:

- Gaelic song workshop – learning Gaelic through singing with Linda Macleod.
- ‘Walk ‘n’ Learn: Gaelic and the landscape’ walking workshop with Sara Melville, the National Park’s Landscape Advisor, who is also a keen student of Gaelic language, Gaelic in the landscape and is a Celtic musician.
- Iseabail MacTaggart, Director of Development and Partnerships at MG ALBA was our guest speaker at our all staff meeting.
- Presentation by Plan Lead at the all-staff meeting on Gaelic Language Plan and its delivery.
- ‘Loch Lomond & The Trossachs National Park: Focussing on a Gaelic perspective’ Gaelic Language Awareness Training by Ruairidh MacIleathain.
- These events were enthusiastically promoted to staff through notices posted prominently throughout the building and via the

stiùireadh leis an Sgioba Conaltraidh agus an Sgioba Foghlaim agus Coluadair ann an co-bhoinn. A thaobh luchd-obrach le dleastanasan àraid ann an roinnean eile, bidh Stiùiriche a’ Phlana a’ cumail choinneamhan gu tric gus cunntas air adhartas fhaighinn agus gus dèanamh cinnteach gu bheil obair a’ dol air adhart ann a rèir a’ Phlana.

2.5.2 Ann an 2016, chaidh a’ chìad Mìos Aire Gàidhlig airson luchd-obrach a chur air dòigh leis a’ Bhuidhinn Stiùiridh Plana na Gàidhlig, agus nì sinn sin a-rithist a h-uile bliadhna den Phlana Ghàidhlig 2017-2022. Tha am mìos air tì aire an luchd-obrach àrdachadh air a’ Phlana Ghàidhlig, agus air dè cho cudromach ’s a tha a’ Ghàidhlig do bheatha chultarail na Pàirce Nàiseanta, ann an dòigh a tha a’ ceangal ri daoine agus brosnachadh an cuid tuigse agus ùidhe.

2.5.3 Ann an Gearran 2016, chuir sinn air dòigh na gniomhan a leanas airson Mìos Aire Gàidhlig:

- bùth-obrach air òrain Ghàidhlig – ag ionnsachadh Gàidhlig tro sheinn le Linda NicLeòid.
- ‘Coisich is ionnsaich: Gàidhlig agus an Cruth-tire’ bùth-obrach coiseachd le Comhairleach Cruth-tire na Pàirce Nàiseanta, Sara Melville, a tha dealasach a thaobh ionnsachadh a’ chànan agus a thaobh Gàidhlig anns a’ chruth-tire agus a tha na neach-ciùil Ceilteach.
- B’ e Iseabail Nic an t-Sagairt, Stiùiriche Leasachaидh agus Co-bhanntachd aig MG Alba, an t-òraidiche aig a’ choinneimh againn airson an luchd-obrach uile.
- Òraid le Stiùiriche a’ Phlana aig a’ choinneimh againn airson an luchd-obrach uile air a’ Phlana Ghàidhlig agus mar a libhrigear e.
- Trèanadh Aire Gàidhlig le Ruairidh MacIleathain ‘Loch Laomainn is na Tròiseachan: An Sealladh Gàidhlig fon Phrosbaig’.
- Chaidh na tachartasan seo a chur air adhart gu dealasach do luchd-obrach tro shanasan follaiseach a bha rim faicinn air feadh an togalaich agus tron e-litir-naidheachd làitheil airson luchd-obrach;

daily staff enewsletter; and they were well attended.

- In addition to the weekly events the building was decorated with a series of bilingual notices including a phrase guide and a poster showing how the Gaelic Alphabet are all trees.

2.5.4 We found Gaelic Awareness Month to be a highly effective way to develop knowledge about the Gaelic Language Plan and instil enthusiasm for Gaelic with all staff. It has also led to opportunities for new ways of engaging the public. For example, posts on social media about Sara Melville's Walk 'n' Learn, led to her leading the same walk for a couple of external groups including pupils from the Glasgow Gaelic High School.

2.5.5 Gaelic Language Awareness Training is a key tool for educating staff and our Board, and we will ask all staff to take part in Gaelic Language Awareness Training every few years. In 2016, we scheduled the training sessions at the end of Gaelic Awareness Month, with the aim that staff would come to the sessions with motivation and awareness gained from the month's activities, rather than seeing it as another mandatory training course. This approach worked well, and we will aim to schedule the training to follow the awareness month each year going forward. The National Park Board were invited to attend the 2017 training and will be invited each year.

2.5.6 General staff engagement with the Gaelic Language Plan will be monitored through an all staff survey to be conducted once a year, and through doing an annual update on the Gaelic Capacity

agus bha mòran an làthair air an son.

- A bharrachd air nan tachartasan seachdaineil, bha an togalach air a sgeadachadh le sleath de shanasan dà-chànanach, nam measg eisimpleirean de dh'abairtean agus postair a' sealltainn mar a tha litrichean na h-aibidil Gàidhlig a' riochdachadh chraobhan.

2.5.4 Fhuair sinn gun robh Mìos Aire Gàidhlig na dhòigh glè èifeachdach airson eòlas air a' Phlana Ghàidhlig a leasachadh agus üidh dhaoine anns a' chànan a bhrosnachadh am measg luchd-obrach uile. Thàinig dòighean ùra de chonaltradh leis a' phoball amach às cuideachd. Mar eisimpleir, an dèidh phostaichean air meadhanan sòisealta mu dheidhinn 'Coisich is lonnsaich' le Sara Melville, threòraich i dhà no trì bhuidhnean on taobh a-muigh air an aon sgriob, nam measg sgoilearn bho Àrdsgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

2.5.5 Tha an Trèanadh Aire Gàidhlig am measg nam prìomh ghoireasan airson an luchd-obrach agus am Bòrd againn oideachadh, agus bidh sinn ag iarraidh air a h-uile neach-obrach pàirt a ghabhail ann an Trèanadh Aire Gàidhlig gach dhà no trì bliadhnaichean. Ann an 2016, ruith sinn na seiseanan-trèanaidh aig ceann Mìos Aire Gàidhlig, leis an amas gun tigeadh luchd-obrach chun an t-seisein aca air am brosnachadh agus leis an aire air àrdachadh bho ghnìomhan a' mhios, air eagal 's gum biodh iad air fhaicinn mar dìreach seisean-trèanaidh eile. Dh'obraich seo gu math, agus bidh sinn ag amas air an trèanadh a chur air dòigh a' leantainn air a' mhios aire gach bliadhna san àm ri teachd. Chaidh fiathachadh a thoirt do Bhòrd na Pàirce Nàiseanta airson an trèanaidh ann an 2017, agus thèid fiathachadh a chur thuca gach bliadhna.

2.5.6 Cumar sùil air an ìre ris a bheil luchd-obrach a' com-pàirteachadh gu coitcheann ris a' Phlana Ghàidhlig tro shuirbhidh an luchd-obrach uile, a nithear turas gach bliadhna, agus tro ùrachadh bliadhnaid den Sgrùdadh air

Review. The results will be supplied to Bòrd na Gàidhlig as part of our yearly Gaelic Language Plan Progress Reports.

## **2.6 SERVICES DELIVERED BY THIRD PARTIES AND ARMS LENGTH ORGANISATIONS:**

- 2.6.1 Services delivered for the National Park Authority in relation to the Gaelic Language Plan are:
- Translation Services provided by Global Language Services Ltd, Craig House, 60 – 64 Darnley Street, Glasgow G41 2SE.
  - Annual staff Gaelic Language Awareness Training sessions provided by Ruairidh MacIleathain, Inverness.
- 2.6.2 The National Park Authority will seek to ensure that, where appropriate, agreements or arrangements made with third parties, which relate to the delivery of its services to the public follow the terms of this Plan. Where appropriate we will provide copies of the National Park Guidelines on Brand, Partnership Working and Signage, which all include guidance on Gaelic. This commitment includes services that may be contracted out. Where the third party does not have a Gaelic Language Plan in place, we shall encourage them to follow the terms of our Gaelic Language Plan and to ensure that their staff are informed of the terms of the Plan.

Comasan Gàidhlig. Thèid na toraidhean a chur gu Bòrd na Gàidhlig mar phàirt de na h-aithisgean bliadhnailear air adhartas.

## **2.6 SEIRBHEISEAN AIR AN LIUBHAIRT LE TREAS PHÀRTAIDHEAN AGUS BUIDHNEAN LETH-EISIMEILEACH**

- 2.6.1 Is iad na seirbheisean a thathar a' libhrigeadh do dh'Uighdarris na Pàirce Nàiseanta a thaobh a' Phlana Ghàidhlig:
- Seirbheisean eadar-theangachaidh air an toirt le Global Language Services, 60 – 64 Sràid Darnley, Glaschu G41 2SE.
  - Seiseanan Trèanadh Aire Gàidhlig air an toirt le Ruairidh MacIII Eathain, Inbhir Nis.
- 2.6.2 Bidh Uighdarris na Pàirce Nàiseanta airson dèanamh cinnteach, far a bheil seo iomchaidh, gum bi ullachaidean is aontachaidhean le treas phàrtaidhean, a tha ceangalite ri libhrigeadh nan seirbheisean againn don phoball, a' cumail ri cumhaichean a' Phlana seo. Far a bheil e iomchaidh, cuiridh sinn lethbhreac den stiùireadh againn air Branndadh, Obrachadh Com-pàirteachaidh agus Soidhnichean, anns a bheil stiùireadh air Gàidhlig. Far nach eil plana Gàidhlig a-cheana aig an treas phàrtaidh, bidh sinn gam brosnachadh a bhith a' leantainn ri cumhaichean a' Phlana Ghàidhlig againn agus a dhèanamh cinnteach gun toirear fios don luchd-obrach aca mu dheidhinn.

## **3 PLANNING AND POLICY IMPLICATIONS FOR GAELIC**

### **3.1 MAINSTREAMING GAELIC**

- 3.1.1 The National Park Authority recognises that the various priority areas identified in the National Gaelic Language Plan will be primarily implemented through our

## **3. GÀIDHLIG AN LÙIB PLANAITH IS PHOILEASAIDHEAN**

### **3.1 A' DÈANAMH GÀIDHLIG NA PÀIRT ÀBHAISTEACH DE DH'OBAIR NA BUIDHNE**

- 3.1.1 Tha Uighdarris na Pàirce Nàiseanta ag aithneachadh gun tèid na raointean as cudromiche a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an

Gaelic Language Plan but that opportunities will arise to promote and develop the language through existing policy measures. The National Park Authority will use its Project Initiation Document to ensure the requirements of the Gaelic Language Plan are considered at the initiation point of new projects. We will also examine current policy commitments to identify areas where Gaelic can be proactively incorporated and the priorities of the National Gaelic Language Plan initiated through additional methods. We see this development as corresponding to the normalisation principle which aims to include Gaelic as an everyday part of life in Scotland.

- 3.1.2 In the formation, renewal and monitoring of policies, the National Park Authority will consider the commitments made in this Gaelic Language Plan, and ensure that the impacts on Gaelic will be in line with the National Gaelic Language Plan.

gnìomh anns a' chuid as mothà tron Phlana Ghàidhlig againn ach gun èirich cothroman gus an cànan a chur air adhart agus a leasachadh tro na ceuman poileasaidh a tha ann an-dràsta. Cleachdaidh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta an Sgriobhainn Inntrigidh airson Pròiseactan gus déanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air riatanasan a' Phlana Ghàidhlig nuair a thathar a' toiseachadh phròiseactan ùra. Cuideachd, nì sinn sgrùdadh air na geallaidheann poileasaidh a tha againn an-dràsta, gus na raointean sin a dhearbhadh far am faod Gàidhlig a toirt a-steach gu gniomhach agus far am faod na priomhachasan anns a' Phlana Càin Nàiseanta na Gàidhlig inntrigeadh tro mhodhan eile. Tha sinn a' faicinn na leithid seo de leasachadh ann an co-rèir ris a' phrionnsabal àbhaisteachaidh, a tha ag amas air Gàidhlig a thoirt a-steach mar phàirt de bheatha làitheil ann an Alba.

- 3.1.2 Ann a bhith a' cur ri chèile, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh nam poileasaidhean againn, bidh Ùghdarras na Pàirce Nàiseantna a' beachdachadh air na geallaidhean a rinneadh anns a' Phlana Ghàidhlig seo agus nì sinn cinnteach gum bi buaidh sam bith air a' Ghàidhlig a rèir Plana Càin Nàiseanta na Gàidhlig.

### 3.2 THE NATIONAL GAELIC LANGUAGE PLAN

3.2.1 The National Gaelic Language Plan focuses on six key development areas, all of which have a vital contribution to make in increasing the numbers of people learning, speaking and using Gaelic in Scotland, and identifies key development outcomes within each:

### 3.2 AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG

3.2.1 Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a' cur priomhachas air sia priomh raoitean leasachaiddh, agus tha gach raon fior chudromach don iomairt gus an àireamh de dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadadh na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh. Tha am plana cuideachd a' comharrachadh priomh bhulean co-cheangailte ri gach raon:

Raon Leasachaiddh	Priomh Bhuilean
An Dachaigh agus Na Tràth-bhliadhnaichean	Barrachd dhaoine òga a' togail agus a' cleachdadadh na Gàidhlig san dachaigh agus àrdachadh air an àireimh de chlann a tha a' tòiseachadh ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig.
Foghlam	<ul style="list-style-type: none"> <li>➢ Àrdachadh gach bliadhna san àireimh de sgoilearan a th' ann am Foglam Luchd-ionnsachaiddh na Gàidhlig (FLI) aig ire na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile.</li> <li>➢ Barrachd chuspairean air an teagast tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.</li> </ul> <p><i>Foghlam Seach-sgoile</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>➢ Àrdachadh anns an àireimh de dh'inhich a tha togail na Gàidhlig bhon 2,000 no mar sin a tha ann an-dràsta gu 3,000 ro, no ann an, 2017, agus leasachadh air sgilean dhaoine a tha fileanta sa Ghàidhlig.</li> </ul>
Coimhlearsnachdan	Barrachd chothroman do choimhlearsnachdan is do gach seòrsa lionra de luchd-labhairt na Gàidhlig gus Gàidhlig a chleachdadadh, agus Gàidhlig air a cleachdadadh barrachd an lùib thachartasan is seirbheisean coimhlearsnachd.
An t-Àite-obrach	Gàidhlig air a cleachdadadh barrachd ann an àiteachan-obrach, agus barrachd chothroman cosnaidh far a bheil sgilean Gàidhlig a dhith gus an gabh seirbheisean a libhrigeadh sa chànan.
Na h-Ealain is Na Meadhanan;	<ul style="list-style-type: none"> <li>➢ A' toirt nan ealain is nam meadhanan Gàidhlig air adhart agus sin mar mheadhan gus an cànan a chur air adhart, daoine a thàladh chun a' chànan agus gus an deagh-ghean a tha aig daoine don Ghàidhlig a dhaingneachadh agus iad a' faighinn cothrom Gàidhlig ionnsachadh, a chleachdadadh no na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh.</li> </ul>
Dualchas is Turasachd	<ul style="list-style-type: none"> <li>➢ Bidh Gàidhlig nas follaisiche an lùib dualchais is turasachd agus thèid barrachd feum a dhèanamh den Ghàidhlig nuair a thathar a' toirt fiosrachaiddh seachad air eachdraidh is cultar na h-Alba.</li> </ul>

<b>An Corpus</b>	<p>Thèid co-òrdanachadh a dhèanamh air obair nam buidhean a tha an sàs ann a bhith a' leasachadh corporas na Gàidhlig gus am bi a' Ghàidhlig nas làidire, nas buntainniche, nas cunbhalaise agus nas fhollaisiche ann an Alba.</p>
------------------	--

### **3.3 COMMITMENT TO THE OBJECTIVES OF THE NATIONAL GAELIC LANGUAGE PLAN**

3.3.1 The National Park Authority is committed to ensuring that the National Plan is implemented, and in this section we set out how we will achieve that aim.

#### **3.3.2 HOME AND EARLY YEARS**

3.3.2.1 The National Park Authority recognises that a sustainable future for Gaelic requires more people to learn the language and that attention requires to be focused on the home, education and adult learning as the key means of achieving this. We will take the following steps to help create a supportive environment for growing the number of Gaelic speakers in Scotland.

- Our commitment to continue to produce and expand Gaelic content in our publications and website will increase the usage of Gaelic both in the home and in education by enabling Gaelic users and learners access to more resources.
- We will continue to provide the Gaelic language version in print and online of 'Exploring the Park' our general and most popular leaflet, on the National Park. We will do the same with the popular leaflet 'What's in a Name' which highlights the Gaelic place names across the National Park.
- We will continue to develop the Gaelic culture in the Park content on our website and will use it to

### **3.3 A' TOIRT TAIC DO CHINN-UIDHE A' PHLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG**

3.3.1 Tha Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta an geall air dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Nàiseanta a chur an gniomh, agus anns an earrann seo tha sinn a' cur an cèill mar a bhios sinn a' coileanadh an amais sin.

#### **3.3.2 AN DACHAIGH AGUS NA TRÀTH-BHЛИADHNAICHEAN**

3.3.2.1 Tha Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta a' tuigsinn gu bheil seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd an crochadh air barrachd dhaoine ag ionnsachadh a' chànan agus gum feumar cuimseachadh air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar na priomh dhòighean air seo a choileanadh. Bheir sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air an àireimh de luchd-ionnsachaidh ann an Alba.

- Tha sinn an geall air leantainn oirnn stuthan Gàidhlig a chruthachadh agus a leasachadh anns na foillseachaidhean againn agus air an làraich-lìn againn, agus cuidichidh seo cleachdadhbh na Gàidhlig a mheudachadh, an dà chuid anns an dachaigh agus ann am foghlam, le bhith ga dhèanamh comasach do luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig barrachd ghoireasan a ruigsinn.
- Leanaidh sinn oirnn eagran Gàidhlig a sholarachadh, ann an clò agus air-loidhne, den bhileig as soirbheachail againn air a' Phàirc Nàiseanta san fharsaingeachd, 'Exploring the Park'.

promote the ways that people can engage with the Park through Gaelic related activities, such as the Gaelic John Muir Award delivered in partnership with the John Muir Trust and Comunn na Gàidhlig.

### **3.3.3 EDUCATION & COMMUNITY**

3.3.3.1 The National Park Authority does not have responsibility for schools – they are run by the four local authorities within the National Park boundaries – however education is an important area of work in the National Park. This is delivered both through more formal work we do with school groups that is tied into the national curriculum, and through a range of less formal educational activities for people of all ages co-ordinated through our Volunteer, Education and Engagement Team.

3.3.3.2 Bringing Gaelic into the educational work of the Park Authority is the key new aim of this iteration of our Gaelic Language Plan, and is outlined further in the High Level Aims section of this document.

### **3.3.4 WORKPLACE**

3.3.5 The Park Authority is committed to further developing the understanding of and role of Gaelic in our organisation, as outlined in section 2.

### **3.3.6 MEDIA & ARTS; HERITAGE & TOURISM**

3.3.7 The role of Gaelic in the history and culture of the National Park is

Nì sinn an aon rud leis a' bhileig shoirbheachail 'What's in a Name', a tha a' mìneachadh ainmean-àite Gàidhlig air feadh na Pàirce Nàiseanta.

- Leanaidh sinn oirnn an stuth a leasachadh air an làraich-lìn againn air cultar Gàidhlig na Pàirce, agus cleachdaidh sinn seo gus aire dhaoine àrdachadh air na dòighean anns am faod iad a bhith an sàs anns a' Phàirc tro ghnìomhan ceangailte ri Gàidhlig, leithid Duais Iain Muir, a thathar a' libhrigeadh ann an compàirteachas leis an Urras Iain Muir agus le Comunn na Gàidhlig.

### **3.3.3 FOGHLAM IS COIMHEARSNACHD**

3.3.3.1 Chan ann air Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta a tha an t-uallach airson sgoiltean – tha iad air an ruith leis na ceithir ùghdarrasan ionadail a tha taobh a-staigh sgìre na Pàirce – ach tha foghlam na phàirt chudromach de dh'obair na Pàirce Nàiseanta. Tha seo air a libhrigeadh an dà chuid tron obair fhoirmeil, ceangailte ris a' churraicealam, a tha sinn a' dèanamh le buidhnean sgoile agus tro raon de ghnìomhan oideachail nas neo-fhoirmile airson dhaoine de gach aois, a tha air a cho-òrdanachadh leis an sgioba Saor-Thoilich, Foghlam agus Coluadar againn.

3.3.3.2 Is e Gàidhlig a thoirt a-steach do dh'obair foghlaim Ùghdarris na Pàirce am prìomh amas ùr den eagran seo den Phlana Ghàidhlig. Tha sin air a mhineachadh barrachd anns an earrann Geallaidhean Àrd-ire den sgriobhainn seo.

### **3.3.4 AN T-ÀITE-OBRACH**

3.3.5 Tha Ùghdarris na Pàirce an geall air barrachd leasachaидh a dhèanamh den tuigse de Ghàidhlig, agus den phàirt a tha i a' cluiche, anns a' bhuidhinn againn, mar a thathar a' dèanamh soilleir ann an earrann 2.

### **3.3.6 NA H-EALAIN IS NA MEADHANAN; DUALCHAS IS TURASACHD**

3.3.7 Tha Gàidhlig air pàirt chudromach a chluiche ann an eachdraidh is cultar

significant and the National Park is dedicated to continuing and building on the work we do to share this in all of our communication.

### 3.3.8 CORPUS

- 3.3.8.1 The National Park Authority recognises the need to strengthen the relevance and consistency of Gaelic. This plan aims to bring the Gaelic history and culture of the Park alive through in-person engagement and educational opportunities – primarily through the work of our Volunteer, Education and Engagement Team.
- 3.3.8.2 This plan will also continue the commitment of the 2011-2016 plan, to further develop and grow the range of printed and digital resource that are vital tools for engagement and education work. In this work we use the latest Gaelic Orthographic Conventions and place-names, as advised by the Gaelic Place-names of Scotland. An example of the resources that we have created around Gaelic and the Landscape of the National Park can be seen on our website. [www.lochlomond-trossachs.org/our-gaelic-culture](http://www.lochlomond-trossachs.org/our-gaelic-culture)
- 3.3.8.3 This work on education will particularly aim to build on the Gaelic Corpus aspect of the Gaelic Language Act, which relates to developing the ‘body’ of the language.

### 3.4 SCOTTISH GOVERNMENT NATIONAL PRIORITIES

- 3.4.1 The National Park Authority is committed to achieving the objectives established by the Scottish Government. We identify in the Plan Commitments tables below the strategic objectives that our Gaelic Language Plan assists.
- 3.4.2 Scotland’s Strategic Objectives are:

na Pàirce, agus tha a’ Phàirc Nàiseanta an geall air leantainn is togail air an obair a tha sinn a’ déanamh gus seo a chophàirteachadh anns a’ chonaltradh againn.

### 3.3.8 CORPAS

- 3.3.8.1 Tha Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta ag aithneachadh gu bheil feum ann buntainneas is co-sheasmhachd na Gàidhlig a neartachadh. Tha am Plana seo ag amas air eachdraidh is cultar Gàidhlig na Pàirce a thoirt beò tro choluar pearsanta agus cothroman foghlaim – sa chìad àite tro obair na sgioba Saor-thoilich, Foghlam agus Coluadar againn.
- 3.3.8.2 Leanaidh am Plana seo air a’ ghealladh anns a’ phlana 2011-2016 gun leasaicheadh is meudaicheadh an raon de ghoireasan, ann an clò agus didseatach, a tha cho cudromach ri obair foghlaim is coluadair. Anns an obair seo, tha sinn a’ cleachdadh an eagrain as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig agus ainmean-àite mar a chomhairlicheas Ainmean-Àite na h-Alba. Chithear eisimpleir de na goireasan a chruthaich sinn a thaobh Gàidhlig agus cruth-tìre na Pàirce Nàiseanta air an làraich-lìn againn. [www.lochlomond-trossachs.org/our-gaelic-culture](http://www.lochlomond-trossachs.org/our-gaelic-culture)
- 3.3.8.3 Bidh an obair seo air foghlam ag amas air togail air na h-amasan a thaobh Corpas fo Achd na Gàidhlig, a tha ceangailte ri bhith a’ togail suas ‘corp’ a’ chànan.

### 3.4 PRÌOMHACHASAN NÀISEANTA RIAGHALTAS NA H-ALBA

- 3.4.1 Tha Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta an geall air na h-amasan a stèidhich Riaghaltas na h-Alba a choileanadh. Anns a’ Phlana seo, tha sinn a’ cur an cèill clàran de gheallaidhean a tha air an liostadh fo na h-amasan ro-innleachdail a bhios am Plana Gàidhlig againn a’ cuideachadh.

- 3.4.2 Amasan Ro-innleachdail na h-Alba:

- Wealthier and Fairer
- Smarter
- Healthier
- Safer and Stronger; and
- Greener

For more information on Scotland's Strategic Objectives, visit:

<http://www.scotland.gov.uk/About/Performance/scotPerforms/objectives>

- Nas saidhbhre is nas cothromaiche
- Nas sgiobalta
- Nas fhallaine
- Nas sàbhailte is nas làidire
- Nas Uaine.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air Amasan Ro-innleachdail na h-Alba, tadhail air:

<http://www.scotland.gov.uk/About/Performance/scotPerforms/objectives>

## 4 PLAN COMMITMENTS

### 4.1 HIGH LEVEL COMMITMENTS

4.1.1 The Park Authority commits to the following High Level Aims for our Gaelic Language Plan 2017-2022:

#### **1. Education and Community:**

- Gaelic awareness to be included in the work of the Volunteer, Education and Engagement team (including non-schools groups and volunteers) - including place-names / river names / mountain names.
- Development of case studies for classroom use based on the history and culture of Gaelic in the landscape of the park - based on current curriculum requirements.

#### **2. Public Services:**

- All Gaelic services and resources to demonstrate equal respect for Gaelic and English, with a demonstrable active offer for those services.

#### **3. Throughout the Plan:**

- Continuation of all commitments from Loch Lomond & The Trossachs National Park Authority's Gaelic Language Plan 2011-2016.

#### **4. Workplace:**

- Gaelic language awareness learning made available each year at different levels and using various modes of delivery - open to Park staff and staff of businesses within the Park boundaries.
- Gaelic awareness month each year - to include Gaelic awareness, Gaelic language learning sessions and creative workshops to engage staff and the Board, to raise awareness and interest in the language.
- Continuously promote Gaelic across Loch Lomond & The Trossachs National Park Authority within and out with the organisation, and make our Gaelic Language Plan prominently available on our website.
- Gaelic awareness to be included as part of the annual induction sessions for volunteers and seasonal rangers.

## 4 GEALLAIDHEAN A' PHLANA

### 4.1 GEALLAIDHEAN ÀRD-ÌRE

4.1.1 Tha Ùghdarris na Pàirce an geall air na geallaidhean àrd-ìre a leanas airson a' Phlana Ghàidhlig againn 2017-2022:

#### **1. Foghlam is Coimhleasachd:**

- Aire Gàidhlig gu bhith air a gabhail a-steach do dh'obair na sgioba Saor-thoilich, Foghlam agus Coluadar (nam measg, na buidhnean neo-sgoile agus saor-thoilich) – a' gabhail a-steach ainmean-àite / ainmean-aibhnichean / ainmean bheanntan.

- Leasachadh chùisean-rannsachaidh airson an t-seòmair-teagaisg stèidhichte air eachdraidh is cultar Gàidhlig a' chruth-tire anns a' Phàirc – stèidhichte air riatanasan làithreach a' churraicealaim.

#### **2. Seirbheisean Poblach:**

- A h-uile seirbheis agus goireas Gàidhlig gu bhith a' sealltainn co-ionnanachd spèise airson Gàidhlig agus Beurla, agus dearbhadh de thairgse for-ghniomhach airson nan seirbheisean sin.

#### **3. Air feadh a' Phlana:**

- A' leantainn oirnn leis na geallaidhean a rinneadh fo Plana Gàidhlig Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròiseachan 2011-2016.

#### **4. An t-Àite-obrach:**

- Trèanadh aire Gàidhlig gu bhith ri fhaotainn gach bliadhna aig diofar iреan agus a' cleachdan iomadh modh libhrigidh – fosgalte do luchd-obrach na Pàirce agus do luchd-obrach nan gnothachasan taobh a-staigh sgìre na Pàirce.

- Mios aire Gàidhlig gach bliadhna – gu bhith a' gabhail a-steach seisean ionnsachaidh Gàidhlig agus bùiùthean-obrach cruthachail - gus aire luchd-obrach is aire a' bhùird a ghlacadh agus uidh a thogail anns a' chànan.

- Gàidhlig a bhrosnachadh gu leantainneach air feadh Ùghdarris Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròiseachan, taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne, agus am Plana Gàidhlig againn gu bhith ri fhaotainn air an làraich-lìn againn.

- Trèanadh aire Gàidhlig gu bhith air a ghabhail a-steach mar phàirt de thrèanadh inntrigidh bliadhnailear airson saor-thoilich agus raonairean ràitheil.

## **4.2 SERVICE STANDARD COMMITMENTS**

- 4.2.1 Our Gaelic Language Plan 2011-2016 focused on creating communication resources across the core areas addressed in the Gaelic Language Act, including identity, branding, signage, communications, digital and publications. The Gaelic Capacity Review in Appendix 1 provides full details all of the resources that have been created across the National Park from our logo, letterhead, publications, signage, website and building infrastructure. The result of all of this work is that Gaelic Language is now prominently integrated into all of these forms of communication.
- 4.2.2 In this Gaelic Language Plan 2017-2022 we commit to continuing to the prominent use of Gaelic in all of these methods throughout the five years. The Head of Communications is responsible for ensuring that this work continues to be delivered to the same high standard.
- 4.2.3 The key new commitment in this iteration of our Gaelic Language Plan is to incorporate Gaelic in the formal and informal educational work of the National Park Authority, as outlined in the Corpus section below.

## **4.2 GEALLAIDHEAN AIR INBHE SEIRBHEISE**

- 4.2.1 Chuir am Plana Gàidhlig 2011-2016 againn am fòcas air goireasan conaltraidh a chruthachadh air feadh nam prìomh raointeán air ainmeachadh ann an Achd na Gàidhlig, nam measg dearbh-aithne, branndadh, soidhnichean, conaltradh, disseatach agus foillseachaidhean. Tha an Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig na Buidhne, ann an Earrràdh 1, a' toirt mion-fhiosrachaidh air na goireasan a chaidh a chruthachadh air feadh na Pàirce Nàiseanta, leithid suaicheantas, ceann-litreach, foillseachaidhean, soidhnichean, làrach-lìn agus bun-structar togalach. Mar thoradh air an obair seo uile, tha Gàidhlig air amalachadh a-steach do na foirmean uile de chonaltradh.
- 4.2.2 Anns a' Phlana Ghàidhlig 2017-2022, tha sinn a' toirt gealltanais gun lean sinn oirnn a' cleachdadh Gàidhlig gu follaiseach anns na modhan seo uile air feadh nan còig bliadhnaichean. Tha an t-uallach air a' Cheannard Conaltraidh a dhèanamh cinnteach gun lean an obair seo air a bhith air a libhrigeadh don aon àrd ìre.
- 4.2.3 Is e am prìomh amas ùr den eagan seo den Phlana Ghàidhlig againn Gàidhlig a thoirt a-steach don obair foghlaim, foirmeil agus neo-fhoirmeil, a tha Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta a' dèanamh. Tha sin air a mhìneachadh barrachd anns an earrann Corpus gu h-ìosal.

#### 4.2.4 SERVICE STANDARD COMMITMENT 1: VISIBILITY

**Rationale:** The presence of Gaelic in the corporate identity and signs of a public sector organisation such as ours greatly enhances the visibility of the language, increases its status and makes an important statement about how Gaelic is valued and how it is given recognition. Developing the use of Gaelic through signage can also enrich the vocabulary of Gaelic users, raise public awareness of the language and contribute to its development.

#### 4.2.4 GEALLAIDHEAN AIR INBHE SEIRBHEISE 1: FAIC SINNEACHD

**Adhbharan:** Ma tha a' Ghàidhlig ga faicinn mar phàirt de dh'iomhaigh chorporra an ùghdarrais phoblaich agus air na soidhnichean aca, tha e a' cur gu mòr ri cho follaiseach 's a tha an cànan, tha e a' togail inbhe a' chànan agus tha e a' toirt seachad teachdaireachd làidir gu bheilear a' cur sùim sa Ghàidhlig agus a' sealainn spèis dhi. Cuideachd, ma thèid Gàidhlig a chleachdad air soidhnichean, faodaidh sin cur ri briathrachas an luchd-labhairt, an cànan a chur fa chomhair an t-sluaigh agus cuideachadh le bhith toirt a' chànan air adhart.

Tha Ùghdarris na Pàirce a' gabhail ris gu bheil e cudromach gum bi Gàidhlig nas follaisiche agus gun tèid inbhe a' chànan àrdachadh.					
Gniomh Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraighean Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
<b>Dearbh-aithne Chorporra agus Soidhnichean (a-staigh 's a-muigh):</b>					
Cleachdadhdh làithreach	Tha Gàidhlig faicsinneach agus glè fhollaiseach anns an dearbh-aithne chorporra againn, ann an clò is ann an conaltraidhean didseatach agus ann an soidhnichean. Tha eagan Gàidhlig againn de shuaicheantas chorporra na Pàirce Nàiseanta, agus tha an Stiùireadh air a' Bhrannid againn ag ràdh gum feum foillseachaidhean ùra an suaicheantas Gàidhlig a chleachdad a' chìad no an dàrna turas 's a chleachdar an suaicheantas (tha a' chuid as motha a' cleachdad an t-suaicheantais co-dhiù dà thuras). Tha an suaicheantas Gàidhlig a' nochdadh air gach duilleag den làraich-lin againn ann am bratach a tha ag atharrachadh eadar an suaicheantas Beurla agus an suaicheantas Gàidhlig gach dhà no trì diogam. Tha na soidhnichean aig inntrigeadh na Pàirce a' cleachdadhdh Gàidhlig. Annas na priomh oifisean againn, tha Gàidhlig air a gràbhaladh a-steach do ghlanne nan dorsan agus nam ballachan ann an raon an ionaid-fhàilte agus annas na seòmraichean coinneimh. Beachdaichidh sinn air roghainnean gus Gàidhlig a chur a-steach don t-suaicheantas chorporra, a' sealainn co-ionnanachd spèis do Ghàidhlig, ma dh'èireas an cothrom gus an suaicheantas ath-dhealbhadh. Tha an Stiùireadh air Com-pàirteachas agus Soidhnichean againn ag ràdh gum feumar an suaicheantas Gàidhlig a chleachdadhdh nas trice na bhathar a' dèanamh. Tha a' chuid as motha de na soidhnichean anns a' Phàirc Nàiseanta a' toirt fiosrachaidd air ainmean-àite, agus tha an Stiùireadh air Soidhnichean ag ràdh gum feum tiotalan dà-chànanach a bhith air a h-uile soidhne ùr no ionadach a tha toirt fiosrachaidd air mìneachadh, a bharrachd air cleachdadhdh den t-suaicheantas Ghàidhlig. Tha e cudromach a chumail an cuimne gu bheil soidhnichean na Pàirce Nàiseanta, airson a' mhòr-chuid, a' toirt fiosrachaidd eadar-mhìneachail do luchd-tadhail mu dheidhinn na Pàirce. Is ann air na ceithir ùghdarrasan ionadail a tha an t-uallich airson soidhnichean rathaid.				
Priomh Raointean leasachaidh:	Tha an stiùireadh air suaicheantas is branndadh air a thoirt gu aire an luchd-obrach mar phàirt de thrèanadh aire Gàidhlig a thathar a' tarigue do luchd-obrach gach bliadhna.	Leanaidh sinn oirnn Gàidhlig a chleachdadhdh a rèir a' phoileasaidh againn agus a cleachdadhdh a mheudachadh nuair a tha cothroman ag èirigh.	Tha luchd-obrach an-còmhnaidh, gun chomhairle/cuideachadh, a' cleachdadhdh Gàidhlig ann an conaltraidhean branndaichte.	Sgioba Chonaltraidh. Tha uallach sònraichte air an Dealbhache Grafaigeach mar an neach a dhealbas a' chuid as motha de na stuthan branndaichte.	Fad ùine a' Phlana.
Dearbh-aithne Chorporra	Bidh tiotal dà-chànanach aig a h-uile soidhne eadar-mhìneachail ùr, le eadar-theangachadh is eadar-mhìneachadh de dh'ainmean-àite Gàidhlig air am fighe a-steach.	Bidh Gàidhlig air a h-uile soidhne air feedh na Pàirce Nàiseanta.	Barrachd shoidhnichean le Gàidhlig orra.	Sgioba Chonaltraidh. Tha uallach sònraichte air an Dealbhache Grafaigeach mar an neach a dhealbas a' chuid as motha de na stuthan branndaichte.	Fad ùine a' Phlana.
Priomh Raointean leasachaidh:	Soighnichean ura				

<b>Priomh Raointean leasachaidh:</b>	Nuair a thathar ag ùrachadh nan soidhnichean eadar-mhineachail, cuirear tiotalan dà-chànanach anna agus bidh iad a' gabhail a-steach ainmean-àite Gàidhlig agus eachdraidh.	Bidh Gàidhlig air a h-uile soidhne air feadh na Pàirce Nàiseanta.	Tha Gàidhlig air a h-uile soidhne ionadach.	Sgioba Chonaltraidh. Tha uallach sònraichte air an Dealbhaiche Grafaigeach mar an neach a dhealbas a' chuid as mothà de na stuthan branndaithe.	Fad ùine a' Phlana.
<b>Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair:</b>	<b>Amasan 1,2</b> <b>Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15</b>				

#### 4.2.5 SERVICE STANDARD COMMITMENT 2: STAFFING

**Rationale:** In order to deliver services through the medium of Gaelic, it is necessary to develop the requisite job skills and language skills of staff. The provision of language learning for staff helps promote adult Gaelic learning and promotes Gaelic as a useful skill in the workplace. The identification of jobs in which Gaelic is a designated skill will contribute greatly to the status of the language and to identifying it as a positive skill to acquire. The use of Gaelic in advertising also helps recognise that Gaelic should be used in public life and that Gaelic users have an important role to play within a public authority. Whatever the level of Gaelic skills required it is important that authorities ensure when Gaelic is a genuine occupational requirement. Authorities should adopt and apply objective criteria to ensure appointments are made in each case on a fair and consistent basis, and reflect the identified skills needs of the post.

#### 4.2.5 GEALLAIDHEAN AIR INBHE SEIRBHEISE 2: Luchd-obrach

**Adhbharan:** Gus seirbheisean a libhrigeadh tron Ghàidhlig, feumaidh na sgilean obrach agus na sgilean cànan iomchaidh a bhith aig an luchd-obrach. Ma tha cothroman ann do luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh, cuidichidh sin le bhith brosnachadh inbhich gu bhith ag ionnsachadh a' chànan agus bidh na cothroman sin a' toirt inbhe don Ghàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Ma thèid obraichean a chomharrachadh mar dhreuchdan far a bheil sgilean Gàidhlig a dhìth, curidh sin gu mòr ri inbhe a' chànan agus bidh Gàidhlig air a faicinn mar sgil obrach as fhiach flaotainn. Ma thèid Gàidhlig a cleachdadh ann an sanasan, tha sin a' cuideachadh le bhith sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdad san t-saoghal phoblach agus gu bheil àite cudromach aig daoine a bhios a' cleachdad Gàidhlig an lùib obair nan üghdarrasan poblach.

<i>Tha Üghdarras na Pàirce a' gabhail ris gu bheil e cudromach gum bi Gàidhlig air a faicinn mar sgil obrach cudromach agus gun tèid sudheachaidhean a chomharrachadh far am biodh e riatanach no na bhuanachd an cànan a cleachdad. Tha Üghdarras na Pàirce cuideachd a' gabhail ris gu bheil e cudromach gum faigh luchd-obrach cothrom na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh ma tha iad ag iarraidh.</i>					
Gníomh Leasachaidh	Gníomhan	Targaidean	Comharraighean Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
<i>Trèanadh, ionnsachadh Cànan, agus Fastadh.</i>					
Cleachdadh làithreach	Thatтар a' tairgse Trèanadh Aire Gàidhlig don h-uile neach-obrach gach bliadhna, air a libhrigeadh ann an co-bhoinn ri Mios Aire Gàidhlig. Faodaidh luchd-obrach a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh cursaichean a dhèanamh gu h-ionadail, ann am Dùn Bhreatann. Tha suirbhidh an luchd-obrach a' nochdadh gu bheil mu 29 luchd-obrach againn an-dràsta aig a bheil sgilean air choreigin anns a' Ghàidhlig, ach chan eil neach-obrach sam bith againn a bhruidhneas Gàidhlig gu fileanta. A thaobh fastaidh, tha sinn a' leantainn riaghailtean na Seirbheise Catharra air farpais chothromach agus fhosgailte. Tha am poileasaidh fastaidh againn ag aithneachadh Gàidhlig mar fheart ion-mhiannichte, le ùmhachd do nàdar na dreuchd. Far a bheil comas-labhairt no comas-sgriobhaidh anns a' Ghàidhlig na fhìor riatanas san dreuchd, bithear a' gabhail cunntas cothromach de chomas cànan.				
Priomh Raointeal leasachaidh:	Trèanadh. Bheirear cursaichean aire Gàidhlig do luchd-obrach ùr agus do luchd-obrach a tha an dreuchd. Tairgsear àiticheadh bàna air na cursaichean trèanaidh do ghniomhachasan anns a' Phàirc Nàiseanta agus do chom-pàirtichean (me. SEPA).  Ionnsachadh Cànan. Bheir sinn fiosrachadh do luchd-obrach air na cursaichean Gàidhlig a tha rim faighinn,	Gheibh a h-uile neach-obrach trèanadh aire Gàidhlig gach bliadhna.	Lèirmheas sgilean – gach bliadhna.	Sgioba Chonaltraidh – Manaidsear lomairtean.	Fad ùine a' Phlana.
	Brosnachadh trèanaidh air an eadra-lion, agus rè	Lèirmheas sgilean – gach bliadhna.	Sgioba Chonaltraidh – Manaidsear lomairtean.	Fad ùine a' Phlana.	

	agus bheir sinn maoineachadh a chuidicheas le ionnsachadh, far a bheil sin comasach.	trèanadh aire Gàidhlig.			
	Fastadh. Leanaidh sinn oirnnn leis a' phoileasaidh fastaidh againn a tha ag aithneachadh Gàidhlig mar fheart ion-mhiannaichte, le ümhachd do nàdar na dreuchd.	Aithnichear Gàidhlig mar fheart ion-mhiannaichte ann an eagrachadh dhreuchdan àraid.	Sùil ga chumail air sgilean Gàidhlig thagraichean airson nan dreuchdan far a bheil Gàidhlig na feart ion-mhiannaichte.	Goireasan Daonna.	Fad ùine a' Phlana.
<b>Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair:</b>		<b>Amasan 1,2</b> <b>Toraidhean 7, 11, 12, 15</b>			

#### **4.2.6 SERVICE STANDARD COMMITMENT 3: DAY-TO-DAY OPERATIONS**

**Rationale:** The use of Gaelic at the initial point of contact that members of the public have with a public authority increases the visible and audible presence of the language, and contributes to the sense that the use of Gaelic is possible and welcome. In addition to raising the profile of the language, it also creates opportunities for its practical use and encourages members of the public to use Gaelic in subsequent dealings with the public authority.

The use of Gaelic in interactions with the authority by mail, e-mail and by telephone is important in creating practical opportunities for the use of the language, and in contributing to the sense that its use is possible and welcome. The presence of Gaelic in a wide range of bilingual forms and Gaelic-only forms can also greatly enhance the visibility and prestige of the language. The preparation of Gaelic versions of forms, applications and similar documents can also assist in expanding the range of Gaelic terminology and the awareness of the Gaelic-speaking public of such terminology, thus helping the development of the language itself

#### **4.2.6 GEALLAIDHEAN AIR INBHE SEIRBHEISE 3: OBAIR LÀITHEIL**

**Adhbharan:** Ma thèid Gàidhlig a chleachdad aig a' chìad chothrom nuair a tha an t-ùghdarris poblach a' conaltradh no a' dèligeadh ris a' phoball, bidh an cànan nas folaisiche agus air a cluinni barrachd, agus cuidichidh sin le bhith sealltainn do dhaoine gun gabh Gàidhlig a cleachdad agus gu bheilear a' brosnachadh cleachdad a' chànan. A bharrachd air a bhith togail lomhaigh a' chànan, tha seo cuideachd a' cruthachadh chothroman gus an cànan a chleachdad ann an dòighean pragtaigeach agus tha e a' brosnachadh dhaoine gu bhith cleachdad na Gàidhlig nuair a bhios iad a' dèligeadh ris an ùghdarris phoblach a-rithist.

Ma thèid Gàidhlig a chleachdad an lùib conaltraidh eadar an t-ùghdarris poblach agus am poball a thèid a dhèanamh tron phost, tro phost-dealain no air a' fòn, tha sin na dhòigh cudromach gus cothroman pragtaigeach a chruthachadh gus an cànan a chleachdad, agus cuidichidh e le bhith sealltainn do dhaoine gun gabh Gàidhlig a cleachdad agus gu bheilear a' brosnachadh cleachdad a' chànan. Cuideachd, ma chithear Gàidhlig air taghadh farsaing de dh'fhoirmichean dà-chànanach agus foirmichean a tha ann an Gàidhlig a-mhàin, cuiridh sin gu mòr ri follaiseachd agus inbhe a' chànan. Cuideachd, ma thèid foirmichean, iarrasan no sgriobhainnean eile a dheasachadh ann an Gàidhlig, faodaidh sin cuideachadh le bhith leudachadh briathrachas na Gàidhlig, bheir e a leithid a bhriathrachas gu aire luchd-labhairt na Gàidhlig, agus cuidichidh sin le adhartachadh a' chànan.

***Tha Ùgdarras na Pàirce a' gabhail ris gu bheil e cudromach gun tèid cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadhan ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil, agus tha sinn an geall air solarachadh Gàidhlig a chur am meud san raon seo.***

Gniomh Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
<b><i>Ionad-fàilte.</i></b>					
Cleachdadhlàithreach	Ann am priomh oifisean na Pàirce Nàiseanta, thathar a' cur fàilte air luchd-tadhail anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla, agus tha sinn a' brosnachadh conaltraidh anns a' Ghàidhlig anns an ionad-fhàilte agus air an làraich-lìn againn. Ann an ionad-fhàilte, tha sgrin mhòr ann a tha a' sealltainn slaighdean didseatach le tàrr fiosrachaидh orra mu dheidhinn ainmean-àite Gàidhlig anns a' Phàirc Nàiseanta, a bharrachd air soidhne a' cur fàilte air luchd-tadhail anns a' Ghàidhlig. Chithear abairtean Gàidhlig air an gràbhaladh a-steach do bhàllachan an ionad-fhàilte agus tha bileagan ri fhaotainn mu dheidhinn na Pàirce Nàiseanta anns a' Ghàidhlig. Thathar a' comhairleachadh an luchd-obrach gum bu chòir don h-uile iarrtas ann an Gàidhlig le fòn, litir no post-dealain a chur gu Sgioba Chonaltraidh, aig a bheil an comas as fheàrr a dhèiligeadh ris. Ged nach eil neach-obrach sam bith againn a tha fileanta anns a' Ghàidhlig, faodaidh sinn cothrom fhaighinn gu furasta air eadar-theangadairean. Cha d'fhuair sinn fhatast an leithid de dh'iarrtas anns a' Ghàidhlig.				
Priomh Raointean leasachaidh	Fàilteachas. Bidh luchd-obrach an ionad-fhàilte a' dèanamh Trèanadh Aire Gàidhlig gach bliadhna, agus gheibh iad stiùireadh air mar a dhèiligeard ri iarrasan bho luchd-labhairt Gàidhlig.	Is urrainn do luchd-obrach an ionad-fhàilte freagairt ri iarrasan Gàidhlig agus fiosrachadh a thoirt air a' phàirt a tha Gàidhlig a' cluich anns a' Phàirc.	Cum sùil air, agus clàr, an àireamh de dh'iarrasan a rinneadh anns a' Ghàidhlig. Is urrainn do luchd-obrach a dhèiligeadh ri iarrasan a rinneadh anns a' Ghàidhlig.	Sgioba Chonaltraidh.	Fad ùine a' Phlana.
	Fàilteachas. Tha taigse ghniomhach ga dèanamh gun cleachdar Gàidhlig ma tha iarrtas ann air a son.	Dèan cinnteach gu bheil taigse ghniomach de Ghàidhlig follaiseach.	Tha am poball mothachail air an roghainn airson conaltraidh anns a' Ghàidhlig.	Sgioba Chonaltraidh.	Fad ùine a' Phlana.
Cleachdadhlàithreach	Air an làraich-lìn againn agus ann an soidhnichean aig an ionad-fhàilte, tha sinn a' dèanamh soilleir gu bheil sinn a' cur fàilte air conaltraidhean anns a' Ghàidhlig, agus gur urrainn dhuinn a h-uile foirm is foillseachadh a thabhan anns a' Ghàidhlig ma dh'iarrar iad. Faodar an suaicheantas Gàidhlig againn cleachdadhlàithreach aig ceann nan litrichean againn. Air an làraich-lìn againn, tha an duilleag agus am foirm airson Gearanan a' nochdadh anns a' Ghàidhlig, agus tha na foirmean seo air an stiùireadh tro phròiseas air a bheil an Sgioba Chonaltraidh eòlach. Thathar a' cumail clàr den h-uile ghearan leis a' ghoireas airson cunnatas a thoirt air riaghlaidh. Thathar a' dèanamh taigse ghniomach ro-làimh, taobh a-staigh na sanasachd reachdail, airson eadar-theangachaidh Ghàidhlig aig coinneamhan poblach.				

<b>Priomh Raointeann leasachaidh</b>	<b>Puist agus puist-dealain.</b> Thathar a' cur a h-uile litir no post-dealain Gàidhlig airson freagairt bho sheirbheis eadar-theangachaидh chreideasach.	Thathar a' libhrigeadh freagairt anns a' Ghàidhlig do dh'iarrtasan anns a' Ghàidhlig.	Cumar sùil air àireamh nam post-dealain/litrichean Gàidhlig.	Sgioba Chonaltraidh.	Fad ùine a' Phlana.
	<b>Ceann-litreach.</b> Tha ceann-litreach Gàidhlig agus branndadh Gàidhlig ri fhaotainn.	Leantainneach.	Thathar a' cleachdadadh cinn-litreach Gàidhlig mar as còir.	Sgioba Chonaltraidh.	Fad ùine a' Phlana.
	<b>Foirmean.</b> Tha sinn a' brosnachadh an dealais againn a bhith a' gabhail ri foirmean anns a' Ghàidhlig agus a bhith gan toirt seachad.	Brath air foirmean, air an làraich-lìn agus anns an ionad-fhàilte.	Brath follaiseach agus soilleir air na foirmean agus air an làraich-lìn.	Sgioba Chonaltraidh agus Seirbheisean Corporra.	Fad ùine a' Phlana.
	<b>Gearanan.</b> Leanaidh sinn oirnn seirbheis ghearanan dà-chànanach a thabhan air-loidhne agus ann am foirmean.	Freagairtean a thoirt anns a' Ghàidhlig do Ghearanan a rinneadh anns a' Ghàidhlig.	Cumar sùil air àireamh nam post-dealain/litrichean Gàidhlig.	Sgiobaidhean Conaltraidh agus Riaghlaidh.	Fad ùine a' Phlana.
	<b>Coinneamhan Poblach.</b> Seirbheis eadar-theangachaидh mar-aon gu Gàidhlig ri faotainn aig coinneamhan far a bheil pártaidhean eile, eagraicheadan no buill den phoball air iarrtas a dhèanamh air a son. Bithear a' dèanamh tairgse for-ghniomhach den roghainn seo ro làimh taobh a-staigh na sanasachd reachdail	Seirbheis a sholarachadh nuair a tha iarraidh oirre.	Cumar sùil air soirbheachas/ire-chleachdaidh.		
	<b>Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach lomchaidh a fhuair cobhair:</b>	<b>Amasan 1,2</b> <b>Toraidhean 7, 11, 12, 15</b>			

## 4.2.7 SERVICE STANDARD COMMITMENT 4: COMMUNICATIONS

**Rationale:** The use of Gaelic in the media and a range of printed material can assist Gaelic development in a variety of ways. It helps increase the visibility of the language, it enhances Gaelic's status by being used in high profile publications, and it can help develop new and enhance existing terminology. The use of Gaelic in the media helps demonstrate a public authority's commitment to making important information available through the medium of Gaelic, as well as enhancing the visibility and status of the language. As more people access information about public authorities through their websites, making provision for the use of Gaelic can significantly enhance the status and visibility of the language.

## 4.2.7 GEALLAIDHEAN AIR INBHE SEIRBHEISE 4: Conaltradh

**Adhbhar:** Faodaidh raon farsaing de dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an grunn dhòighean. Nì e an cànan nas follaisiche, cuiridh e ri inbhe na Gàidhlig gu bheilear ga cleachdadhean am foillseachaidhean àrd-iomhaigh agus cuidichidh e ann a bhith an dà chuid a' leasachadh briathrachais ùir 's a' cur ris na tha ann mu-thràth. Tha cleachdadhean na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh ann a bhith a' sealltainn dealas ùghdarras phoblaich a thaobh fiosrachadh cudromach a bhith ri fhaotainn tro mheadhan na Gàidhlig, cho math ri cur ri follaiseachd is inbhe a' chànan. Mar a bhios tuilleadh dhaoine a' sireadh fiosrachaidh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh solarachadh cothrom air cleachdadhean na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is follaiseachd a' chànan.

<i>Tha Ùghdarris na Pàirce an geall air cleachdadhean na Gàidhlig a mheudachadh anns na raointean seo far am biodh ùidh aig a' phoball anns a' chuspair no far a bheil e ceangail ri cuspairean Gàidhlig gu sònraichte.</i>					
<i>Dàimhean Poblach agus na Meadhanan, Stuth ann an Clò: Sgriobhainnean poileasaidh agus reachdail, Foillseachaidhean airson luchd-tadhail</i>					
Gníomh Leasachaidh	Gníomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
<i>Cleachdadhean</i>	<i>Dàimhean Poblach agus na Meadhanan, Stuth ann an Clò: Sgriobhainnean poileasaidh agus reachdail, Foillseachaidhean airson luchd-tadhail</i>				
Cleachdadhean làithreach	Tha sinn ag iarrайдh gun togar na fiosan-naidheachd againn leis na meadhanan Gàidhlig, agus tha sinn a' cleachdadhean eadar-theangachaidean Gàidhlig ann an 'Notaichean gu luchd-deasachaidh'. Tha BBC Alba air an liosta choitcheann de bhuidhnean nam meadhanan ris a bhios sinn a' cur a h-uile fios-naidheachd againn. Tha ro-ràdh anns a' Ghàidhlig anns na priomh sgriobhainnean poileasaidh is reachdail againn. Tha an suaicheantas Gàidhlig a' nochdadhean a' chiad no an dàrna turas 's a' chleachdar an suaicheantas, a rèir an stiùiridh againn air branndadh (tha a' chuid as mothach a' cleachdadhean an t-suaicheantais co-dhiù dà thuras). Tha sinn a' cruthachadh agus a' sgaoileadh bileag anns a' Ghàidhlig mu dheidhinn na Pàirce Nàiseanta san fharsaingeachd, a bharrachd air a' bhileig 'What's in a Name' mu dheidhinn nan ainmean-àite Gàidhlig agus eachdraidh chultarail na Pàirce Nàiseanta. Tha eilemaidean Gàidhlig (ainmean, fàilte agus caipseanan dà-chànanach) anns a h-uile foillseachadh airson luchd-tadhail.	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
Priomh Raointean leasachaidh	Dàimh poblach agus na Meadhanan. Tha sinn for-ghniomhach ann a bhith a' déanamh conaltraidh ri BBC Alba agus seanailean Gàidhlig eile.	Sgeulan-naidheachd aig am biodh ùidh aig meadhanan	Cumar sùil air mar a tha sinn a' nochdadhean anns na meadhanan Gàidhlig.	Sgioba Chonaltraidh.	Fad ùine a' Phlana.

		Gàidhlig air am brosnachadh.			
	<b>Sgriobhainnean poileasaidh agus reachdail.</b> Nochdaidh ro-ràdh anns a' Ghàidhlig anns na sgrìobhainnean poileasaidh agus reachdail againn. Bidh sinn a' tort, air iarrtas, eagranan Gàidhlig de dh'foillseachaidhean, a ghabhas luchdachadh.	Seo a libhrigeadh airson a h-uile iarrtais.	Foilseachaidhean corporra dà-chànanach rim faotainn.	Sgioba Chonaltraidh.	Fad ùine a' Phlana.
	<b>Foilseachaidhean luchd-tadhail.</b> Leanaidh sinn oirnn bileag anns a' Ghàidhlig a dhèanamh mu dheidhinn na Pàirce Nàiseanta san fharsaingeachd, a bharrachd air a' bhileig 'What's in a Name' a sholarachadh agus eileamaidean Gàidhlig a chleachdadh anns a h-uile foillseachadh airson luchd-tadhail.	A leantainn oirnn na bileagan seo a sholarachadh, ann an clò agus mar luchdachaidhean didseatach.	Lethbhreacan air an gabhall leis a' phoball, ann an clò agus mar luchdachaidhean didseatach.	Sgioba Chonaltraidh.	Fad ùine a' Phlana.

<b>Làraichean-lin agus meadhanan sòisealta</b>					
<b>Cleachdadhlàithreach</b>	Chithear Gàidhlig gu follaiseach air gach duilleag, leis an t-suaicheantas Ghàidhlig a' nochdadh gach dhà no trì diogan air a' bhann-chinn. Tha earrann den làraich-lin a' toirt fiosrachaiddh air eachdraidh cànan Ghàidhlig na Pàirce Nàiseanta. Thathar a' toirt iomradh air an làraich, iomadh turas agus gu faicsinneach, gum bitheamaid a' toirt fàilte air conaltradh anns a' Ghàidhlig agus gum faodar iarraidh air lethbhreacan anns a' Ghàidhlig de na foillseachaidhean againn. Tha an earrann air gearanan air eadar-theangachadh anns a' Ghàidhlig. Gu tric, bidh sinn a' cur phostaichean mu dheidhinn Gàidhlig air na meadhanan sòisealta (mar as àbhaist, thathar ag eagarakachadh aon gach seachdain) agus tha iad a' faighinn deagh fhreagairt bhon phoball.				
<b>Priomh Raintean leasachaidh</b>	<b>Làrach-lin.</b> Leanaidh sinn oirnn stuth Gàidhlig a leasachadh airson na làraich-lin, a' gabhail a-steach comhairle don phoball air mar a nì iad conaltradh rinn anns a' Ghàidhlig.	Cum agus meudaich stuthan anns a' Ghàidhlig air an làraich-lin ann an còmhradh ri BNG.	Barrachd cleachdaidh de Ghàidhlig agus barrachd stuthan anns a' Ghàidhlig air an làraich-lin. Àireamh de thadhalan air duilleagan le stuthan Gàidhlig.	Conaltradh Sgioba Dhidseatach.	Fad ùine a' Phlana.
	<b>Meadhanan sòisealta.</b> Leanaidh sinn oirnn a' brosnachadh Gàidhlig, agus a' phàirt a chluicheadh leatha anns a' Phàirc Nàiseanta, air meadhanan sòisealta.	Cum agus tog stuthan a phàirtichear gu tric.	Aireamhan de 'Is toigh leam' agus de phàirteachadh nan stuthan Gàidhlig.	Conaltradh Sgioba Dhidseatach.	Fad ùine a' Phlana.
<b>Taisbeanaidhean:</b>					
<b>Cleachdadhlàithreach</b>	Tha raon farsaing againn de stuthan air am branndadh airson thachartasan, leithid pop-ups, le branndadh na Pàirce Nàiseanta orra anns a' Ghàidhlig. Tha branndadh Gàidhlig follaiseach air an ionad Luchd-tadhail So-ghluaiseach, a bhios an t-Seirbheis Raonairean a' toirt gu tachartasan thairis air a' Phàirc Nàiseanta air feadh na ràithe. Tha a' bhileag Ghàidhlig agus a' bhileag 'What's in a Name' rim faotainn ann an stannd nam bileagan aig an ionad luchd-tadhail. Ann an leabhar beag thachartasan, tha mion-fhiosrachadh air na stuthan Gàidhlig a tha rim faotainn.				
<b>Priomh Raintean leasachaidh:</b>	Leanaidh sinn oirnn, airson thachartasan, a sholarachadh anns a' Ghàidhlig stuthan air am branndadh agus fiosrachadh mu dheidhinn na pàirt a chluicheadh le Gàidhlig ann an cultar is eachdraidh na Pàirce.	A leantainn oirnn a sholarachadh, aig tachartasan, eagranan den bhranndadh againn anns am faicear Gàidhlig gu follaiseach, agus stuth ceangailte ri Gàidhlig a dh'fhaodar sgoaileadh.	Gàidhlig a' nochdadh anns na stuthan tionnsgalach a chleachdar aig taisbeanaidhean is tachartasan.	Sgioba Chonalaith agus Seirbheis Raonairean.	Fad ùine a' Phlana.
	Leanaidh sinn oirnn a bhith gar ceangal ri compàrtichean nuair a tha sinn gu bhith an làthair aig taisbeanaidhean/ tachartasan agus a' leasachadh modh co-obrachail airson Gàidhlig a libhrigeadh. Alba Aosmor gu bhith an sàs, far a bheil e comasach, ann an tachartasan ionchaidh aig Ùghdarris na Pàirce.		Barrachd cleachdaidh de mhineachadh Gàidhlig aig taisbeanaidhean far a bheil sinn an làthair.	Sgioba Chonalaith.	Leantainneach

## 4.2.8 SERVICE STANDARD COMMITMENT 5: CORPUS

**Rationale:** The development of Gaelic in this sector is vital to the future of Gaelic in Scotland. Attention to this will allow Gaelic to develop new terminology and registers leading to greater relevance and consistency. For those reasons steps will be taken to ensure the continued development of the Gaelic language.

## 4.2.8 Geallaidhean air Inbhe Seirbheise 5: CORPUS

**Adhbharan:** Tha leasachadh na Gàidhlig san earrann seo deatamach don Ghàidhlig san àm ri teachd ann an Alba. Bheir aire don seo cead don Ghàidhlig briathrachas ùr agus clàran a leasachadh a' leantainn gu buntainneas is cunbalachd nas mothà. Air na h-adhbharan sin, gabhar ceumannan gus a dhèanamh cinnteach gum bi leasachadh leantainneach air a' Ghàidhlig.

Na h-Amasan is Toraidhean Ro-Innleachdach iomchaidh a fhuair cobhair:	Amasan 1,2 Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15
--	--

Tha Ùghdarris na Pàirce ag aithneachadh cho cudromach is a tha e gu bheil a' Ghàidhlig air a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil i freagarrach airson a h-uile adhbhar iomchaidh agus airson a cleachdadh anns gach suidheachadh sa bheil i air a cur gu feum an-diugh.					
Gníomh Leasachaidh	Gniomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Priomh Oifigear	Raon-ama
<b>Foghlam</b>					
Cleachdadh làithreach	An-dràsta, chan eil poileasaidh aig Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta airson Gàidhlig a thoirt a-steach don obair foghlaim agus coluadair aig a' Phàirc Nàiseanta, ach is e seo priomh amas den Phlana Gàidhlig 2017-2022.				
Priomh Raointean leasachaidh:	Cruthaich plana agus goireasan a tha a' mineachadh carson a tha Gàidhlig buinteachdon Phàirc Nàiseanta, air chor 's gum faodar an toirt a-steach don choluadair a tha a' Phàirc a' dèanamh le sgoiltean. Comharrachadh seo cothroman ann an cuspairean a' churraicealam nàiseanta a tha sinn a' libhrigeadh, leithid cruinn-eòlas, far am faodar Gàidhlig toirt a-steach anns na stuthan	A leasachadh plana agus goireasan agus a libhrigeadh an trèanaidh air chor 's gum faod an cur gu feum ro dheireadh na treas bliadhna den Phlana.	Am plana agus na goireasan foghlaim gan libhrigeadh, agus àireamhan de sgoiltean ag ionnsachadh mu dheidhinn Gàidhlig. Àireamh de luchd-teagaisg ris an deach goireasan ùra Gàidhlig a thabhnann tro chûrsaichean ionnsachaidh phroifeiseanta fad-	Sgioba Saor-thoilich, Foghlam agus Coluadar.	Libhrig am plana ro dheireadh na bliadhna acadaimageach 2017/18. An taigse a thabhnann gu sgoiltean rè na bliadhna acadaimageach 2018/19. A thòiseachadh air gníomhan a' phlana a libhrigeadh bhon bliadhna acadaimageach

<b>Priomh Raointean leasachaidh:</b>	Cruthaich plana agus goireasan a tha a' mineachadh carson a tha Gàidhlig buinteananach don Phàirc Nàiseanta, air chor 's gum faodar an toirt a-steach don choludair a tha a' Phàirc a' dèanamh le sgoiltean. Comharrachidh seo cothroman ann an cuspairean a' churraicealam nàiseanta a tha sinn a' libhrigeadh, leithid cruinn-eòlas, far am faodar Gàidhlig toirt a-steach anns na stuthan is rannsachadh-cùise air cruth-tire.	A leasachadh plana agus goireasan agus a libhrigeadh an trèanaidh air chor 's gum faod an cur gu feum ro dheireadh na treas bliadhna den Phlana.	Am plana agus na goireasan foghlaim gan libhrigeadh, agus àireamhan de sgoiltean ag ionnsachadh mu dheidhinn Gàidhlig. Àireamh de luchd-teagaisg ris an deach goireasan ùra Gàidhlig a thabhall tro chùrsaichean ionnsachaidh phroifeiseanta fadhreuchd.	Sgioba Saor-thoilich, Foghlam agus Coluadar.	Libhrig am plana ro dheireadh na bliadhna acadaimageach 2017/18. An taigse a thabhall gu sgoiltean rè na bliadhna acadaimageach 2018/19. A thòiseachadh air gnìomhan a' phlana a libhrigeadh bhon bhliadhna acadaimageach 2019/20.
	Cruthaich plana agus goireasan airson Gàidhlig a thoirt a-steach do, no a chur ri, obair foghlaim na Pàirce Nàiseanta nach eil a' dèildeadh ri sgoiltean, le fòcas orrasan a chaidh aithnicheadh tron fhreàm cho-ionnanachdan.	A leasachadh a' phlana agus goireasan agus a libhrigeadh an trèanaidh air chor 's gum faod an cur gu feum ro dheireadh na	Am plana ga libhrigeadh, an àireamh de chùrsaichean is gnìomhan eile a tha rim faotainn agus a thathar a' gabhail.	Sgioba Saor-thoilich, Foghlam agus Coluadar.	Libhrig am plana anns an earrach 2019, le gnìomhan rim faotain ann an ràith an t-samhraidh 2019.

## **5 IMPLEMENTATION AND MONITORING**

### **5.1 TIMETABLE**

- 5.1.1 The Gaelic Language Plan 2017-2022 will formally remain in force for a period of five years from the date of publication or until a new plan has been put in place. We have set out the individual target dates for when we expect to implement specific commitments.

### **5.2 PUBLICISING THE PLAN**

- 5.2.1 The Park Authority's Gaelic Language Plan will be published bilingually, as one document, on the National Park website. In addition, we shall:
- issue a bilingual press release announcing the plan;
  - make copies of the plan available on our website to be downloaded;
  - make the plan known to employees via our Intranet and CEO staff email;
  - make available to download, copies of the plan to our key partners Non-departmental Public Bodies and agencies, agents and contractors;
  - make available to download, copies of the Plan to Gaelic organisations;
  - make available to download, copies of the plan to other interested bodies.

### **5.3 ADMINISTRATIVE ARRANGEMENTS FOR IMPLEMENTING THE GAELOCH LANGUAGE PLAN**

- 5.3.1 This plan is the policy of Loch Lomond & The Trossachs National Park Authority and has been endorsed both by our Senior Management Team and by the National Park Board.
- 5.3.2 Overall Responsibility: The CEO of the National Park will be responsible ultimately for ensuring that the Park Authority delivers on the commitments set out in this Plan.

## **5 COILEANADH IS SGRÙDADH**

### **5.1 CLÀR-AMA**

- 5.1.1 Mairidh am Plana Gàidhlig seo gu foirmeil ann an gnìomh fad còig bliadhnaichean bho latha fhöillseachaidh, neo gus an tèid plana ùr a chur na àite. Chuir sinn an cèill na cinn-latha airson nan targaidean ris a bheil sinn an dùil geallaidhean sònraichte a chur an gnìomh.

### **5.2 A' FOILLSEACHADH A' PHLANA**

- 5.2.1 Foillsichear Plana Gàidhlig Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta san dà chanan, ann an aon sgrìobhainn, air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, bidh sinn:
- a' sgaoileadh fios-naidheachd mun Phlana;
  - a' cur lethbhreac den Phlana air an làraich-lìn againn far am faodar a luchdachadh sìos;
  - a' toirt fios mu dheidhinn a' Phlana do luchd-obrach tron eadra-lìn againn agus tron phost-dealain a' Cheannaird gu luchd-obrach;
  - a' dèanamh cinnteach gum faodar lethbhric den Phlana a luchdachadh sìos leis na priomh chom-pàrticean againn, leithid Buidhnean Poblach Neo-roinneil, buidhnean riaghaltais eile, luchd-ionaid agus cunnradairean;
  - a' dèanamh cinnteach gum faodar lethbhric den Phlana a luchdachadh sìos le buidhnean Gàidhlig;
  - a' dèanamh cinnteach gum faodar lethbhric den Phlana a luchdachadh sìos le buidhnean eile aig a bheil ùidh ann.

### **5.3 ULLACHADH RIANACHD A THAOBH AM PLANA GÀIDHLIG A CHUR AN GNÌOMH**

- 5.3.1 Is e am Plana seo poileasaidh Ùghdarras na Pàirce Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròiseachan agus chaidh a ghabhail ris leis an dà chuid an Àrd-sgioba Stiùiridh againn agus le Bòrd na Pàirce Nàiseanta.
- 5.3.2 Uallach san fharsaingeachd: Is e an Ceannard a bhios freagarrach aig a' cheann thall airson dèanamh cinnteach gun libhrig Ùghdarras na Pàirce na gealltanasan a chuireadh an cèill anns a' Phlana seo.

- 5.3.3 Individual Staff members: Staff will be advised where the Plan is located on our Intranet and will be encouraged to refer to it.
- 5.3.3 Luchd-obrach fa leth: Bheirear stiùireadh do luchd-obrach air far a bheil am Plana ri fhaotainn air an eadra-lìn againn agus thèid am brosnachadh iomradh a dhèanamh air.

#### **5.4 INFORMING OTHER ORGANISATIONS OF THE PLAN**

- 5.4.1 The Park Authority will publish the final approved bilingual Gaelic Language Plan 2017-2022 on our website, we will advise consultees and other external organisations and third parties of the publication of the Plan.

#### **5.5 RESOURCING THE PLAN**

- 5.5.1 Normal activities will be included and resourced through the National Park Authority budgets agreed annually with the Scottish Government. We will also seek out and apply for grant funding where opportunities can be identified. We expect these will come in relation to the education and outreach work that is set out on our new high level aims.

#### **5.6 MONITORING THE IMPLEMENTATION OF THE PLAN**

- 5.6.1 The Gaelic Language Plan will be monitored by The Park Authority Communications Team and Education and Visitor Engagement Team with input for the other departments identified. They will be responsible for an annual review of the plans targets each year, and will report on the successful implementation or otherwise of our Core Commitments. This will be done in consultation with and the agreement of Bòrd na Gàidhlig.

#### **5.4 A' CUR FIOS MUN PHLANA DO BHUIDHNEAN EILE**

- 5.4.1 Foillsichidh Ùghdarris na Pàirce an eagran deireannach den Phlana Ghàidhlig 2017-2022 gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn, agus leigidh sinn fios do luchd-co-chomhairleachaidh, do bhuidhnean taobh-a-muigh eile agus do threas pàrtaidhean gun deach am Plana Gàidhlig fhoillseachadh.

#### **5.5 A' MAOINEACHADH A' PHLANA**

- 5.5.1 Bidh gnìomhan àbhaisteach air an gabhail a-steach agus air am maoineachadh tro bhuidseatan Ùghdarris na Pàirce Nàiseanta a dh'aontaichear gu bliadhnaile le Riaghaltas na h-Alba. Cuideachd, siridh sinn tabhartasan maoineachaidh far a bheil cothroman air aithneachadh. Tha sinn an dùil gun tig na cothroman seo ann an co-cheangal ris an obair foghlaim is forruigheachd a thathar a' cur an cèill anns na h-amasan àrd-ire againn.

#### **5.6 A' SGRÙDADH COILEANADH A' PHLANA**

- 5.6.1 Cumar sùil air a' Phlana Ghàidhlig leis na Sgiobaldhean Conaltraidh is Foghlaim agus Coluadar ann an Ùghdarris na Pàirce, le cur-a-steach bho na roinnean eile air ainmeachadh. Bidh an t-uallach orra airson ath-sgrùdadh bliadhnaile de na targaidean anns a' Phlana gach bliadhna, agus bidh iad ag aithris air cur an gnìomh, soirbheachail no neo-shoirbheachail, de na Geallaidhean Bunaiteach againn. Nithear seo ann an co-chomhairleachadh le Bòrd na Gàidhlig.

PÀIRC NÀISEANTA

**LOCH  
LAOMAINN**  
IS NAN TRÒISICHEAN

